Rud nach cuala mi riamh air triuir.

Tha Mac-Leoid s' th' air ar ceann,  
'S e fo thursa nach gann ;  
'S beg an t-ionghnadh, 'se. 'chail an stiuir.

Chail e aodhair' a threud,  
'San robh fradharc nan ceut,  
Agus taghadh na deagh chairt-iuil.

Deagh shelgair am frith  
'Bha gun cheilg do thaigh righ.  
Agus seirbhaisech diles cruin.

Tha do chinnedh fo ghruaim,  
 'S gach aon fhine mu 'n cuairt,  
 O 'n la ghrinnichedh t' uaigh 'sa chruist ;

Mu 'n t- sar ghaiscech dhes, threun,  
 Ann am baital nan ceut ;  
 Cha bu lapach 'san leum ud thu.

Lamh churanta, chruaidh,  
 Ann an iomairt le buaidh ;  
 Dhuibh a bhuinedh an uaisle, 'ruin.

Tha do thalla fo ghruaim,  
 'S e gun aigher gun uaill,  
 Far 'm bu mhinic an d 'fhuair sinn cuirm.

---

Sir Norman Macleod was the third son of Ruari Mor, thirteenth of Dunvegan. He was born about the year 1600. He commanded the Macleods at the battle of Worcester in 1651. He was knighted in 1660. He was the progenitor of the Macleods of Bernera.

---

×

### ECHANN BACACH.

Hector Maclean, known as Echann Bacach an t-Aosdana, lived in Mull. It is said that he had a small annuity from Sir Lachlan Maclean of Duart. He was a very able poet.

---

### IORRAM.

*'Do Shir Lachinn Mac-Gilleain.*

LE ECHANN BACACH.

A shir Lachinn na feile,  
 Nan ech cruithech 's nan geur lann,  
 Is tu m' aigher is m' eudail, 's mo threoir.

Gres an nall uginn dhachidh,  
Oighre dhlighich na h-aitribh,  
Is nan pioban 's nam bratichen sroil.

An Duneiden nan caistal,  
Tha triath gleust na mor aitim ;  
'Sann de d' bheus a bhi sgapadh an oir,

'S gann gum b' urrain do dhuthich  
'Chur a'd' lamhabh de chuinedh,  
'Mheud 's a chosgadh tu 'chruintibh mu'n bhord.

Gur a buidhech gu leir dhìot  
Do chuid uaislen 'nan eidedh,  
Leat gun guidh iat buaidh threun anns gach toir.

'Chuid de 'n chleir s' a chaidh sechad,  
Mu do reidhleìn gum faight' iat  
'S fad 's is cian 'thug luchd-astair ort sgeoil.

Crann gun doichel, gun euradh,  
'S tric a chosgas na ceutan,  
Dha 'm bi dorsairechd feile trath noin.

Bhiodh fir Mhuile mu d' bratich,  
Mu do ghuailibh gu 'm faict' iat ;  
Bu ni duilich a glacadh 's do leon.

'S luath a chruinnichedh aig t' fhacal  
Na fìor churidhnen gasda,  
'Bheiredh fuil 'nuair a chastedh ri 'n sroin.

Bhiodh ac' boghachan dathte  
A chuil bhuidh' thig a Sasunn,  
'Ghabhadh lubadh 's nach speltadh san dorn ;

Fiubhidh chinntech, chruaidh, fhallain,  
'S i gun fhiaradh, 's gach gel laimh,  
'Dheanadh reubadh 'nuair 'bhenadh i 'dh-fheoil ;

De na gallain 'bu daoire  
 Cruaidh, sgalanta, caoinail,  
 Glac earr' oirr' 's ceann ladhrach o'n ord ;

Is pic dhirech nam mellan,  
 Mar a ghrian 's i gun smal oi'rr,'  
 'Chuireadh naimhden gu talamh fo leon.

'S math do bharantan daoine,  
 'S iat gan aiseg thar chaoilten,  
 Clann barail, des, aobhidh Mhic-Leoid.

Deagh Mhac-Coinnich bu let e,  
 Bha e diles dha d' phersa ;  
 Bha sud scribht' ann an cairt Chlann-Ghilleoin.

---

Sir Lachlan Maclean of Duart was the second son of Hector Og of Duart by his first wife, a daughter of Mackenzie of Kintail. He succeeded his brother Hector Mor, as Lord of Duart and chief of his Clan in 1626. He was created a baronet by Charles I., September 30, 1631. Leaving his brother, Donald of Brolas, to raise his followers, he made haste with thirty of his kinsmen to join Montrose. He arrived just in time to take part in the battle of Inverlochy, February 2, 1645. He had 1,100 men, 750 being Macleans and 350 Macquarries, Macneills and others, at the battle of Kilsyth, August 15th, 1645. His brother Donald Domhnall Mac Echinn Oig, was Lieutenant-Colonel under him. General David Leslie and Argyll invaded Mull with a force of 5,000 men in 1647, and ravaged a great part of the island. In the same year Argyll bought up all the debts both public and private, that he could find against Sir Lachlan, seized himself and imprisoned him in the castle of Carrick. He was in prison about a year. He lived only a few months after his liberation. He died at Duart castle, April 18th, 1648. He was buried at Iona. By his wife, Mary, daughter of Sir Roderick Mor Macleod of Dunvegan, he left two sons, Hector Roy and Allan.

---

## ORAN.

*Do Shir Lachinn Mac-Gilieain.*

LE ECHANN BACACH.

'S ann Diciadain, a shair,  
 'Ghabh mi ced dhiot air traigh ;  
 'Rìgh, gum faicim thu slàn neo-airnelach.

A Shir Lachinn nam barc,  
 'Chuireadh luinges air sail',  
 Leis an togar an cabhlach acuinnech.

Gur tu oighr' Echinn Oig.  
 Leis an eireadh na sloigh ;  
 'N uair a leumadh do shron cha b' airclech thu.

Clann-Ghilleain cha tlath  
 'Dhol an cogadh nan arm ;  
 'S tric a bhuannich sibh blar, 's e b' f hasan duibh.

'S fada 'chluinntedh 'ur foirm  
 Agus faram bhur gleois  
 'Togail chrech o na chro 's a ghlasanach.

'N uair a spreigedh sibh piob  
 'S fuaim bhur creich' ga cur sìos,  
 Gum biodh crith air an tìr 'san tachradh sibh.

'N uair a nochdadh sibh srol  
 Ris na caol-chrannabh stoir,  
 'S mairg a thachradh g'a dheoin roimh 'r lasrichen.

An duirn laochridh gun leon  
 Bhiodh caol chuilbhairè gorm,  
 Agus sradag nan ord 'toirt lasain daibh.

Fhad 's a bhidhes tu beo  
 Cum an stiuir ann ad dhorn,  
 Is na melladh fer-sgoid no beirte thu.



Chluinnt' ad thalla fuaim theud  
 An am laighe do 'n ghrein,  
 'S mnathan grinne 'cur greis air fasanan.

'S mi bhiodh cinntech a t' fheum  
 Ann am beanntabh na seilg  
 'S do choin erbsach air eill roimh 'n chamhanich.

Namhit eilid nan gleann  
 Agus bradain nan allt ;  
 Sgibair fairg' thu 's muir ard 's an langanich.

Slan gun till thu a rithist,  
 Air reothart an lionidh,  
 Gu Dubhairt 'bu rioghail aigenach

Ochain, ochain, mo chradh,  
 'Chloinn-'Illeain nam barc.  
 'S e mo chrech mar 'tha 'n traghadh sechad oirbh.

---

## A CHNO SHAMHNA ;

*Marbhrann do Shir Lachinn Mac-Gilleain,  
 Triath Dhubhairt, a chaochail 'sa  
 bhliadhna, 1648.*

### LE ECHANN BACACH.

Thriall ar bunadh gu Paras ;  
 Co a b'urraim a shenachas  
 Ach Mac-Mhuirich mac Fherghais  
 Craobh a thuinich re aimsir,  
 'Fhriamhich bun ann an Albinn ;  
 Chuidich fer dhiu Cath Ghairbhaich ;  
 Fhuair sinn ulaidh fer-ainm' a thechd beo.  
 Fhuair sinn ulaidh, etc.

Cha chraobh chura, cha phlannta,  
 Cha chno 'n uiridh o'n d' fhas thu,  
 Cha bhlath chuirtedh mu bhealltain,  
 Ach fas duillich is mhenglan,  
 Am meur mullich so 'dh' fhag sinn:  
 Criosd 'chur tuilledh an aite na dh' fhalbh.

Is mor puthar an raidhe s',  
 'S trom an dubhadh so 'dh' fhas oirn,  
 Gur a cumhann leinn t' fhardach,  
 Leba luthidh nan claran ;—  
 'S fad is cuimhne leinn caradh nam bord.

Cha do bhrist thu 'chno shamhna,  
 Chaidh do chist' an taigh-geamhradh,  
 Misnech fir Innse Gall thu ;  
 'S mor a 's misde do ranntabh  
 Nach clisg thu roimh armait ;  
 'Righ, bu mhesail thu 'n campa Mhontrois.

'Fhir 'bu rioghaile clechdadh,  
 'S tu 'bu bhioganta faicin ;  
 A dol 'sios ann am machair  
 Bhiodh let mile mu d' bhratich,  
 'Chuid 'bu phrisail' de 'n echridh ;  
 Luchd do mhiruin nan caist' ort,  
 'S ann a dh' innstedh leo t' fhasan  
 'Nuair 'bu sgith leo cur sgapidh 'nam feoil.

Cha bu bhuannachd dha d' namhid  
 'Thigh'n a dh' fhuasgladh uait lamhain ;  
 Bha thu buadhach 's gach aite ;  
 Cha b' e fuath mhic a' mhaile  
 Fer do shnuaidh 'thigh'n do dh-fhardich ;  
 Cha dath uaine 'bu bhlath dhuit  
 Nuair a bhuailedh an t-ardan do phor.

Cha b'e sin mo luan-caisge  
 'Nuair a bhual do ghath bais thu ;

'S truagh a dh'fhag thu do chairden ;  
 Mar ghair sheillen an garadh,  
 'N deidh am mealanan fhagail,  
 No uain earrich gun mbathair,  
 'S fad a chluinner an gairich mu 'n chro.

Bhuinedh dhinne 'n a ur ros,  
 Fer ar taighe 's ar crun-fher ;  
 Ghabh e'n rathad air thus uainn ;  
 'S iomad latha r'a chunntas,  
 A bh' aig maithibh do dhuthcha,  
 Meud an aighir 's am muirne ;  
 Bha mi tathaich do chuirte  
 Sel mu 'm b'urraim mi 'n t-urlar aic' fhalbh.

Thug Iarl' Ogilbhi 's Eirli,  
 S' gaiscich eile nach geilledh,  
 Ann ad thaigh-sa ag eirigh,  
 Thug iad gelladh gu h-eudmhor  
 Bhi ro chert do righ Seurlas 's do'n choir.

Gum b' aithriseeh t' fheum-s' dha,  
 'Nam na crannan a bheumadh,  
 'Chum an dennal a sheidedh ;  
 Bhiodh lann thana, chruaidh, gheur ort,  
 'S tu fad la air an t-seirm sin,  
 'S cha bhiodh lag bhuille mheirbh o do dhorn.

Till ri t' fhochal, a Dhebhi,  
 Tha i 'nis 'na clar reidh dhuit,  
 O nach mairenn t' fher-streupa ;  
 Dh' imich Alastair fhein bhuainn,  
 'Thuit le baran an Eirinn,  
 'Scha b'e mala na reit' e ;  
 Do dh-fherabh Dhuncidin,  
 No 'Mhac-Cailain cha gheilldh r' a bheo.

Naile chunnic mi aimsir,  
 'S tu ri siubhal na selga,

Nach bu chuith ort an garbhlach ;  
 Pic de 'n iubhar cha d' fhas i  
 'Chuireadh pudhar no spairn ort ;  
 Cha bhiodh suidhel nach tairntedh,  
 Nam biodh luthadh 'na crann-ghail  
 'Chuireadh siubhal fo earr-it' an eoin.

Glac chomhnard an caradh  
 Am bian roinech na h-erba,  
 Cinn storach o 'n cheardich ;  
 Cha bhiodh oirleach gun bhathadh,  
 Etar smeoirn agus gaine,  
 Le nert corcich a Flanras ;  
 Cha bhiodh feolach an tearmad  
 Air an seoladh tu 'n crann sin ad dheoin.

B'eol dhomh innsedh na bh' aca ;—  
 B' ann de bheusabh Shir Lachinn  
 'Bhi 'g ol fion an taigh farsuinn,  
 Mnathan riomhach ri fasain  
 A cur siod' agus pasmuin,  
 Gloir bhinn agus macnus,  
 Ann san am 'sam bu chleachd leibh 'bhi poit.

Gum bu mhath do dhiol fresdail,  
 An taigh mor am bial fescair,  
 Uisge-betha nam fedan  
 Bhiodh am piosan ga leigeil,  
 Sin 's a chlarsach ga spreigedh ri ceol.

'N am do 'n fhaire bhi 'glasadh  
 Bhiodh a chlarsach ga crechadh ;  
 Cha bhiodh ceol innt' an tasgidh  
 Ach na meoir ga thoirt aiste,  
 Gun leon laimhe, gun laigse,  
 Gus 'm bu mhiannach leibh cadal gu foil.

Cnaip na h-araich ri braise,  
 Iomairt tailisg mu sech orr',

Fir feirne ri tartrich,  
 Toirm is mathadh air chairten ;  
 Dolair Spaintech is tastain  
 Bhiodh gan dioladh gun lasan 'nan lorg.

Thug cach teist air do bheusan  
 Nach robh ceist ort mar threun fher ;  
 Bha aoidh deisechd is deilbh ort,  
 Bha fath seirc' aig do cheil' ort,  
 Bha gradh is egal Mhic De ort ;  
 Bhiodh an scriobtair ga leughadh  
 Ann ad thalla mun eiredh do bhord.

Ged bu lionmhor ort frasachd,  
 Chum thu direch do d' mhac e,  
 Breid dionach gun sracadh,  
 Cha do dhiobair ceann-slait' thu,  
 On 's e Criosd a b' fher-beirt dhuit,  
 Sin an Ti a leig let an taod-sgoid.

'Mhic, ma ghlacas tu 'n stiuir so,  
 Cha bu fhathas gun duthchas  
 Dhuit bhi grathun air t-urnigh,  
 Cuir g'a caitheamh an triuir so,  
 Cuir an t-Athair air thus ann,  
 Biodh am Mac mar fher-iuil oirr',  
 'S an Spiorad Naobha ga stiuredh gu nos.

---

Mac-Mhuirich mac Fherghais, the registrar of the monastery of Iona. Fer-ainme; Hector Roy of Duart fought at Harlaw in 1411. Sir Lachlan's heir was also called Hector Roy. Debhi; General David Leslie. Alastair, the famous Alastair Mac Cholla fer tholladh nan taighan.

Bunadh, the stock of a tree; applied here to a chief as the stock which supported the branches of the clan. Uladh, a treasure. Pudhar, loss, damage, hurt. Fuath, a spectre, a scarecrow. Luan-caisge, Easter Monday. Cuith, a snow bank. Crann-g hail, a bow. Smeoirn, the end of the

arrow next the bow-string. Gaine, an arrow, a dart. Fochall, dirt. Cnaip na h-araich ri braise is in Ranald Macdonald's version, Bhiodh na cearrigh ri braise. Fer-feoirne, a chessman. Flathas, dominion, the position of a chief. Nos, custom, correct habit.

---

## BLAR INBHIRCHIEITAIN.

LE ECHANN BACACH.

LUINNAG.

Fail il an u, hil an u, hil an o ro ;  
 Fail il an u, hil an u, hil an o ro ;  
 Fail il an u, hil an u, hil an o ro ;  
 Fail il an o, ho 's och nan och mar tha sin.

Gur a h-oil leam an sceula so  
 A dh-eist mi Di-domhnich ;  
 Gun bhi tuilledh ga fhaighnechd,  
 Gur h-e 'n fhoill so 'chaith Hobron,  
 Dh' fhag iat shios Mac-Gilleain  
 'Cur a chatha 'na onar,  
 'S theich iat fhein troimh a cheile,  
 'S bha ratreut ann mar ordagh.

'S mor bha 'dh-uiresbhidh lamh ort,  
 Ged thug ardan ort fuirech,  
 Agus tuilledh 's an t- anabarr  
 'Thechd an nall air an luinges.  
 'S mise 'chuireadh an geall sin  
 Mur biodh ann ach na h-urad,  
 Nach buailedh iad banga  
 Ann sa champa le sulas

Chuir thu grabhailte cruadhach ort,  
 Air ghruag nan ciabh amlach,  
 Claidhibh tan' air a liobhadh,  
 Is e direch gu 'bharr-dheis,

Sciath dhaingenn nan cruaidh shnaim,  
 Agus dual nam brec menmnach,  
 'S paidhir dhagachan sgriosail  
 Air chrios nam ball airgit.

Cha bu shlachdan aig oinid  
 Culidh chomhraig a ghaiscich ;  
 'Dol an coinnimh do namhit  
 Cha chrith-mhanntain a ghlac thu.  
 'Nuair a bhuaile thu beum-sceithe  
 'Dh iarridh ceile co-chath' riut,  
 Is a thug thu 'nan comhail  
 Theich Hobron 's a mharc-shluagh.

'Sann a thug thu do dhualchas  
 O'n fher 'bhuailedh an Gruinnart ;  
 Cha robh'n imairt gun fhuathas,  
 Cha robh 'bhuannachd gun chunnart.  
 Gun robh torrun an lamhich  
 Agus tairnenach ghunna,  
 Ri des laimh mo ghraidh-sa  
 'Cur a chairden gu fulang.

Cha b' i ruaig ud fir Mhuile  
 Gu traigh Ghruinnart a chrech sinn ;  
 Gur h-e mheudich mo mhulad  
 Sar mhac urrant Shir Lachinn  
 'Bhi fo bhinn aig luchd-Beurla,  
 'S nach do dh-fheud e dol as orr'.  
 B' e sin connspun na troide  
 'Chuir an cogadh an clechdadh.

'Nuair a thogtedh let bratach  
 Gheibht' fir ghasd air a mharg let ;  
 'Mhoire, 's iomad ben baile  
 Dh 'fhag sud tamul 'na banntraich,  
 Agus lenabh beg ciche  
 'Na dhillechdan anfhann.  
 Ach ge duilich do mhuinntir,  
 Chan ann ump' 'tha air dermail.

Gur a h-ìomadh laoch dorn-ghel  
 'Chaidh an ordagh mu d' bhratich,  
 Agus oganach sgiamhach  
 Bha ga riasladh fo echabh.  
 Agus spailp de dh-fher taighe  
 Nach dug athadh dha phersa,  
 'Toirt a chlàidhibh a duille  
 Chert cho guinech ri eltuinn.

'Nuair a thogamid fechdan,  
 Gum bu ghasd ar ceann-armailt ;  
 Ge b'e thigedh air echdridh,  
 Ghabh iat tlachd dhìot air 'Ghalltachd.  
 Bha thu 'd' charid do 'n Mharcus  
 A bha 'n Sasunn gun cheann air ;  
 'S bu tu co-ainm Èhinn  
 Leis 'n do ghlacadh an cabhlach.

X 'Nuair a thug e 'nan cinnsal  
 Leg e dinnair an Iarla ;  
 Ghlacadh luinges an rìgh leis,  
 'S rinn e dìobhail air bianabh.  
 Air techd dha an deidh sin  
 Chuir e crìoch air na dh' iarr e ;  
 'S thug e turas a rioghachd  
 Gus 'n do strìochd Baile-Cliath dha.

'S fad on dh' imich am fer ud,  
 'S cha 'n ann ga gheran a tha sinn ;  
 Ach ma dh' fhagadh gun selladh  
 Suil mhellach an armuin.  
 Och,—gum maith an t-aon Dia dhuinn,—  
 Gur h-e 'iargain a chraidh sinn ;  
 Gun robb aoidh fir an domhain  
 'Na co-sheis a fas riut.

Ge b' i 'thug an cion falich,  
 'Cur gu h-elanta litrech,  
 Ged b' i nighen Mhic-Cailain,  
 Bu diol mairiste dh' is' thu

*This stanza is now published for the first time. You will find the substance of it on page 40 of the 11th of the Glasgow Review.*



Gur a mairg i 'thug gaol dhuit  
 Ma chaochlas i 'nis e,  
 Is nach faic i air thalamh  
 Do mhac samhilt am misnich.

Mu dheiredh an t-samhradh  
 Cha robh mennn no deagh sceul oirnn ;  
 'S beg an t-ionghnadh do ranntachd  
 Bhi fo champar as t' eugmhis,  
 Agus muinntir do dhuthcha  
 Bhi fo churam mu d' dheibhinn ;  
 Gun robh'n t-aobhar sud aca  
 Gu ruige les agus creubhaig.

Tha ionndrichin bhuanne  
 'S cha bu shuarach an call e ;  
 Gum bu mhor an luach-taisgeil,  
 Ma tha 'n taisgeladh derbhte,  
 A bheiredh daoin' uaisle  
 As an uachdaran ainmail,  
 As ar tigherna smachdail,—  
 'S cha bu lapach an ceanntard.

Cait an robh e air thalamh  
 Boinne fala a b' aille  
 Na oighre sin Dhubhairt,  
 Da'm bu chubhidh bhi statail ;  
 Gur a h- ionad ben bheul-derg  
 A bha 'breid air dhroch caradh,  
 'Nuair a fhuair iat bechd sceula  
 Gun do chreuchdadh 'sa bhlar thu.

Tha do phaire air a dunadh,  
 Ionad-luchairt nan Gaidhal.  
 Gur a decair sud innsedh,  
 Aig ro dhillsechd do phairtidh ;  
 Tha a chraobh a b' fharr ubhlan  
 Air a rusgadh an drast diu.

Och, a Mhoire, mo dhiubhail,  
Chaidh am flur bharr a gharidh !

Ach ma 's duine 'chaidh dhinn e,  
Guidhibh Criosd leis na th' agibh ;  
Thoiribh aire mar 's coir dhuibh  
Do chainnt Iob mu na macabh ;  
Agus liubhribh e 'n Aon-fher,  
Ma 'se chuibhrech an caistal ;  
No ma gherradh a laithan,  
'S ann fo raidh-san a thachair.

This poem was composed immediately after the news of the sad result of the battle of Inverkeithing had reached Mull. It is evident from several expressions in it, especially from the last verse, that the author had a faint hope that Sir Hector, though severely wounded and a prisoner, was not dead.

The chief referred to in the tenth verse is Echann Ruadh nan Cath, who was killed at the battle of Harlaw in 1411. The saying by Job about his sons, to which reference is made in the last verse, is this :—"Naked came I out of my mother's womb, and naked shall I return thither, the Lord gave, and the Lord hath taken away ; blessed be the name of the Lord."

The sixth and tenth verses are now published for the first time. In a note in his collection John Maclean says :—"Tha ant-oran so ann an co-chruinneachadh Raonaill Dhoimnallich, agus 's e 'thug dhomhsa, 'chur san fher so gun d' fhuair mi da rann deth nach h-'eil ann san leobhar sin."

The Marquis referred to in the ninth verse is James, third Marquis and first Duke of Hamilton. His mother Anne Cunningham was a daughter of James, seventh Earl of Glencairn. Sir Lachlan Mor's mother was a daughter of William, sixth Earl of Glencairn. Thus Sir Lachlan Mor and Anne Cunningham were first cousins. Hector Roy was the great-grandson of Sir Lachlan Mor. The Duke of Hamilton was beheaded in London on Friday, March 9th, 1649.

The battle of Inverkeithing was fought July 20th, 1651. Lambert, Cromwell's general, had 4,000 men, and his opponent, Holburn of Menstrie, about 3,500. Holburn's force consisted of 1000 horse under his own immediate command, 1500 Highland infantry under Sir Hector

Maclean of Duart, and about 1000 Lowland infantry under Sir John Brown of Fordel. • Of the Highland infantry 800 were followers of Sir Hector, and 700 followers of Sir George Buchanan, chief of his clan. The followers of Sir Hector were nearly all Macleans. They were all killed except forty. We have no admiration for Sir Hector. He simply acted the part of a mad man. It is true that he was brave, but it is just as true that he lacked common sense. By foolishly continuing the unequal fight, he nearly ruined his clan.

A few of the 800 men who followed Sir Hector must have been Macquarries. Donald Macquarrie, twelfth of Ulva, married Christy, daughter of Lachlan Og, first of Torloisk, and had Allan, his successor, Hector of Ormaig, Lachlan of Laggan, and John of Baile-ghartain. Allan was killed at Inverkeithing.

---

GUR BOCHD NAIDHACHD AR  
DUTHCHA;

*Oran do Shir Echann Mac-Gilleain, a mharbhadh ann an Inbhir-Cheitain.*

LE ECHANN BACACH.

Gur bochd naidhechd ar duthcha  
'S chan e taighen gan spuinnedh;  
Ach Mac-Gilleain, mo churadh, gun eirigh.  
Gur bochd etc.

Gu bheil maithen do thire  
Ann sa mhachair 'nan sinedh  
Fo chasan nam milten ech eitidh.

B' fhiu a ghibht a bha bhuaitha,  
Cha b' e deiredh na cuaine,  
Ach an t-aillegan uasal, ard, euchdach.

Bu tu 'n t-oighre 's an t-armun,  
Is a marcich' des, daichal,  
Is an t-aillegan alinn, ur, eibhin.

Bu tu scathan na glaine,  
 'N airde 'n Iar riut gun tennadh  
 An am cruinnechadh gu carraid nan geur-lann.

Bu tu seobhag na h-uaisle,  
 'S ceann-senachis gach duanachd,  
 'Bheiredh trusgan is duais do luchd-theudan.

Moch sa mhaduin 'sna gluais thu,  
 Rinn thu iomral bu chruaidh lem,  
 Nach do chuimhnich thu uaislen na Feinne.

Thanic Cromwel ad choinnimh,  
 Dh 'at do chridhe le corruich,  
 'S leum thu staigh le d' lainn sholuis do'n teug-  
 bhail.

Mac-Mhic-Eoghin na h- Airde,  
 Agus Tigherna Ghearrloch,  
 Rinn iat fuirech 'san nadar 'bu bheus daibh.

Bha Mac-Cailain fo aites  
 Nach do thill thu gu d' dhachidh ;  
 Gun robh uilenn 'sa mhacan ghel, threubhach.

Gun robh taigh is leith Ile,  
 Am bann dainginn dhuit scriobhte,  
 'S bha-na ferinn sin strìochdte gu reidh dhuit.

Bho thir-unga sin Bhretail  
 Thun na carthagh 's cha bheg i,  
 Bha na ferinn sin egnidh fo d' staoiledh.

---

Egnidh is explained in a note as "cinntech no derbhte."  
 Tir-unga, literally ounce-land, unga being from the Latin  
 word unkia.

## IS BEG AOBHAR MO SHUGRIDH.

LE ECHANN BACACH.

Is beg aobhar mo shugridh,  
'S chan fheil sunnd orm ri macnus,

'N diu cha tadhail mi 'n Fhadhail,  
Ged 's i mheoghail a chlechd mi.

Tha mi sealltain air Dubhairt,  
Leam is dubhach a faicin.

Gur a minic a bha mi  
'Na taighibh ard' ann sa mhaduin.

'S mi ri sealltain Erraghaidhal  
'S barr derg air a h- aitribh

Cait am faic mi ri m' shaoghal  
Fer aogisg Shir Lachinn?

'Dol an coinnimh do namhit  
Bu neo-ratanach, bras thu.

'Togail suas am bragaade  
Bu neo-scathach air ech thu.

Ge b' e chithedh do dhaoine,  
'Righ, bu ghreodhnach am faicin.

Le 'm muscaidan dubh-ghorm,  
'S iat gun suidh orr', gun detach.

De na ghrabhailte shoilleir.  
Nach bu doilleir r'a fhaicin.

Thug sibh flathas na h-eirenn  
Leibh air eigin le tapachd.

Ged a dh-fhag mi mo bhraithren  
Ann san araich gan cascairt,

Chan e sud 'tha mi 'g airemh,  
Ach sar mhac Shir Lachinn,

A bhi 'n laimh aig luchd-Beurla,  
Is nach d' fheud e dhol as orr';

Sar chonspun nan coigrech,  
'Chuir an cogadh an clechdadh.

— × —

### ORAN.

*Do Shir Lachinn Mor Mac-Fhionghin.*

LE GRIOGAIR OG MAC-GRIOGAIR.

'S cian 's gur fad' 'tha mi 'm thamh,  
Gun bhi 'triall air do dhail  
A Lachinn bho'n airde tuath.  
'S cian 's gur fad, etc.

Nam biodh snechda nan gleann  
'Na ruith leis gach allt,  
'S gun cailledh gach beann a ghruaim ;

Nan dubhadh an sliabh,  
Is gun cromadh a ghrian,  
Leam bu mhiannach 'bhi triall air chuairt.

Cha b' i machair nan Gall  
A ghlacinn fo m' cheann  
Ach braighe nan gleann so shuas.

Thoir mo shoridh thar caol,  
Bho nach cluinn iat mo ghlaodh,  
Gu buidhin gun fhraoch, gun ghruaim ;

Gu ceann-feadhna mo ruin,  
 Chaidh an t-ainm ud air chliu  
 Chert cho fad 's a ta Ruta bhuainn ;

Gu talla 'n fhir fheill  
 'Am biodh tathich nan ceut,  
 Cill-Moire ri sceith a chuain.

Dhomhsa b' aithne do bheus,  
 An am cromadh do 'n ghrein  
 Gum biodh faram nan teud ad chluais.

A ghnuis 'dhiult a bhi bochd,  
 'S nach d' chuir cul ri fer nochd,  
 Len thu 'n duthchas 's an stochd 'bu dual.

Cha b' e 'n clechdadh 'bh' aig cach,  
 A ghlac thusa mar ghnaths,  
 A bhi smachdail mu'n mhal air tuath.

Fhuair thu seud bho Shiol-Leoid  
 Nam bratichen sroil,  
 Nan cupa, nan corn, 's nan cuach.

Ghlac thu 'n euchdag mar mhnaoi,  
 Cha robh 'n leirsin ud claon,  
 'S glan do cheile ri d' thaobh 's gur suaire.

Beul a's binn 'thogadh fonn,  
 Slios mar ela nan tonn,  
 Caol mhala nach crom le gruaim.

Gur tu 'n t- Ailpaine'ch glan  
 De 'n fhuil rioghail bho shen,  
 Ite fir-eoin nach men ri 'luaidh.

Is nan eiredh ort strith  
 Gum biodh sud let gu dian,  
 Clann-Ghriogair nam piob 's nan ruag ;

Agus Granntich bho Spe,  
 Na fir cheann-laidir, threun,  
 'Dheanadh gnìomh ann san teughbail  
 chruaidh.

Sud a bhuidhen nach fann,  
 'Thogadh giubhas ri crann  
 'Thairnedh iubhar nam meall bho 'n cluais.

Bhiodh an fhiubhidh chaol, reidh,  
 Am bian dubh-ghlas an fheidh,  
 Ga giulan air eileadh cuaich'.

— x —

#### SIOL AILPAIN.

The Macgregors, the Grants, the Macaulays of Ardingale, the Mackinnons, the Macquarries, and the Macnabs, constitute the Siol Ailpain, or descendants of Alpin.

Alpin, king of Dalriada, had at least two sons, Kenneth, who became King of Scotland in 843, and Donald who succeeded Kenneth in 860. According to tradition he had a third son named Gregor. Gregor it is said had two sons, Donnghal and Guaire. It is also said that Donnghal had a son named Fingon. Gregor was the progenitor of the Macgregors; Guaire the progenitor of the Macquarries, and Fingon the progenitor of the Mackinnons, or Clan-Fingon.

The Alpinian origin of the Macgregors, Grants, Macaulays, Macquarries, Mackinnons, and Macnabs cannot be proved. There is no evidence to support it. It seems not to have been heard of until after 1467. It is impossible to depend upon the correctness of any clan genealogy farther back than A. D. 1000. But whilst it cannot be proved that the Macgregors, Macquarries, Mackinnons and Macnabs, are descended from King Alpin, it is almost certain that they had a common origin. Their own traditions and the MS. of 1467 favor this opinion. The Grants maintain that they are descended from Gregor Mor, second son of one of the chiefs of the Clan-Gregor. The Macaulays of Ardingale were undoubtedly a sept of the Clan-Gregor.

The Mackinnons, Clan-Fingon, or Clann-Fhionghin, make their first appearance in authentic history in 1354. They possessed Mishnish in Mull and Strathswdale and



Strathaird in Skye. Their earliest possession seems to have been Griban in Mull. They exchanged this district with one of the Lords of the Isles for Mishnish. According to a MS. family history, their chiefs down to the time of Lachinn Dubh were the following:—Fingon, Donald, Cormac, Lachlan, Lachlan, Kenneth, Donald, Lachlan, Ewen, Alpin, Lachlan, Donald, Ewen, Lachinn Fogarrach, Lachinn na h-Iomlaid, Nial Buidhe, Lachinn Ban, Nial Ban and Ewen. Nial Ban was chief in 1517. Ewen, the last chief named, was succeeded by Lachinn Dubh. Lachinn Dubh was chief from 1570 to 1580. He had at least three sons, Lachinn Og his successor, Ewen, and Neil. Lachinn Og had three sons, Sir Lachlan, his successor; Tearlach Scithenach, ancestor of the Mackinnons of Corrie; and John Og, ancestor of the Mackinnons of Kyle. Sir Lachlan was chief from 1601 to 1634. He was succeeded by his son, John Balbhan, who in 1627 married Catherine, eldest daughter of Lachlan, sixth Maclean of Coll, and had by her at least one son, Lachlan Mor. Lachlan Mor fought at the battle of Worcester in 1651. He was married twice. By his first wife, Mary, daughter of Sir Lachlan Maclean of Duart, he had one son, John Og. By his second wife, who was a niece of Macleod of Dunvegan, he had no male issue. He had a natural son, named Donald, who is mentioned in a document of 1688. John Og died before his father, leaving an only son, John Dubh. John Dubh succeeded his grandfather, Lachlan Mor. He was born in 1680. He fought at Sheriffmuir in 1715, and gave all the assistance in his power to Prince Charles in 1745. He had three sons, John, Charles, and Lachlan. John died without male issue in 1737. Lachlan died without issue. John Dubh died in 1755. He was succeeded by his second son, Charles. Charles sold the estate. He had one son, John, who died unmarried in 1808.

The Mackinnons are at present without any recognized chief. There are two or three claimants to the position; but as yet no one has established a clear claim to it.

## CUMHA

*Do dh-Alastair 's do Raonull, mic Dhomhnaill  
Ghlais na Cepich, a chaidh a mhort  
'sa bhliadhna 1663.*

LE AM PIUTHIR.

Dh' eirich mi moch maduin Dhomhnich,  
I ri u, ho ro !  
'S chunnic mi 'tighin am chomhail,  
Fath mo leann-duibh, ho ro !

'S chunnic ni tighin am chomhail,  
I ri u, ho ro !  
Prasgan fherabh le falbh modhar,  
Fath mo leann-duibh, ho ro !

Prasgan fherabh, le falbh modhar,  
I ri u, ho ro !  
Cha do fhregair iat mo chomradh,  
Fath mo leann-duibh, ho, ro !

Cha do fhregair iat mo chomhradh,  
I ri u, ho ro !  
Ranig mi Cepach na doruin,  
Fath mo leann-duibh, ho ro !

Ranic mi cepach na doruin,  
I ri u, ho ro !  
Gu tur ard 's cha b' ann gu m' sholas,  
Fath mo leann-duibh, ho ro !

Gu tur ard 's cha b' ann gu m' sholas,  
I ri u, ho ro !  
Chunnic mi an taigh gun chomhla,  
Fath mo leann-duibh, ho ro !

Chunnic mi an taigh gun chomhla,  
 I ri u, ho ro !  
 Gun smuid, gun detich gun cheo dheth,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Gun smuid, gun detich gun cheo dheth,  
 I ri u, ho ro !  
 'S shuidh mi air an tulich bhoidhich,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

'S leig mi air an tuiredh bhronach,  
 I ri u, ho ro !  
 Dh' fhosgail mi dorus an t-seombair,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Dh' fhosgail mi dorus an t-seombair,  
 I ri u, ho ro !  
 Ruighedh i barr-iall mo bhrogan,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Ruighedh i barr-iall mo bhrogan,  
 I ri u, ho ro !  
 Fuil an cridhechan a dortadh,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Fuil an cridhechan a dortadh  
 I ri u, ho ro !  
 'S teann nach d'ol mi fhin mo leoir dhi,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro.

'S teann nach d'ol mi-fhin mo leoir dhi,  
 I ri u, ho ro !  
 Fuil Raonuill am fer a b' oige,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Fuil Raonuill am fer a b' oige,  
 I ri u, ho ro !  
 'S fuil Alastair an ledain bhoidhich,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Fuil Alastair an ledain bhoidhich,

I ri u, ho ro !

Fer flathail 's e lethan domhail,

Fath mo leann-duibh, ho ro !

Fer flathail 'se lethan domhail,

I ri u, ho ro !

Beir fios bhuamsa gu Mac-Dhomhnaill

Fath mo leann-duibh, ho ro !

Beir fios bhuamsa gu Mac-Dhomhnaill,

I ri u, ho ro !

Gu Mac-Mhic Alastair Chnoidart,

Fath mo leann duibh, ho ro !

Gu Mac-Mhic-Alastair Chnoidart,

I ri u, ho ro !

'S gu Mac-Mhic-Ailain o 'n mhor chuan,

Fath mo leann-duibh, ho ro !

Gu Mac-Mhic-Ailain o 'n mhor chuan,

I ri u, ho ro !

Mar a dh' fhagadh na fir oga,

Fath mo leann-duibh, ho ro !

Mar a dh' fhagadh na fir oga,

I ri u, ho ro !

Tha m' erbsa an Rìgh na gloire,

Fath mo leann-duibh, ho ro !

Tha m' erbsa an Rìgh na gloire,

I ri u, ho ro !

Gun len sibh gu dian an torachd,

Fath mo leann-duibh, ho ro !

Gun len sibh gu dian an torachd,

I ri u, ho ro !

'S cairden dhuibh-fhein, 's braithren dhomhs' iat,

Fath mo leann-duibh, ho ro !

'S cairden dhuibh f hein, 's braithren dhomhs' iat,  
 I ri u, ho ro !  
 Diol na muice duibhe doite,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

Diol na muice duibhe doite,  
 I ri u, ho ro !  
 'S na circe fo laimh a chocair',  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

'S na circe fo laimh a chocair',  
 I ri u, ho ro !  
 Air gach aon a dh' iath mu'n f heolach,  
 Fath mo leann-duibh, ho ro !

---

Bha da phiuthir aig na gillen a chaidh a mhort. Bha te dhiu posta aig Fer na Tulich. Bha 'n te eile a' cumail taighe dha braithren. So an te a rinn an cumha. Bha i an Taigh na Tulich an oidhche roimh 'n mhort. Nuair a bha i 'tighin dachidh thachair na mortairen oirre. Cha robh Raonull ach sia-bliadhna-diag 'nuair a chaidh a mhort.

— × —

#### AN CIARAN MABACH.

Archibald Macdonald, an Ciaran Mabach, was a natural son of Sir James Macdonald, ninth baron of Sleat. He won high praise for the skillful manner in which he conducted the expedition against the Keppoch murderers in 1665. He received some land from his father in North Uist.

---

#### GED IS SOCRACH MO LEBA;

LEIS A CHIARAN MHABACH.

Ged is socrach mo leba,  
 B' annsa cadal air fraoch,  
 Ann an lagan beg uaignech,  
 'S bad de'n luachir ri m' thaobh,

'S 'n uair a dh'eirinn 'sa mhaduin,  
 'Bhi 'siubhal ghlacagan caol,  
 Na bhi 'triall 'chum na h- Abaid,  
 'G eistechd glagrich nan saor.

'S oil leam caradh na frithe,  
 'S mi bhi 'n Litenan long  
 Etar ceann Sailes Shi-phort  
 'S rudha Chrionaig nan tonn ;  
 Agus Uilinnis riabhach  
 'An tric an d' iarr mi damh donn,  
 'Bhi fo mheinn aig na bodich  
 Dha 'n ceird chosnidh cas-chrom.

Chan fheil agam cu gleusta,  
 Chan fheil feum agam dha,  
 Is cha suidh mi air bac  
 Am monadh astar bho chach ;  
 'Chaidh cha leig mi mo ghadhar  
 Ann am faghit 'n Tuim-bhain,  
 Is cha scaoil mi mo luaidhe  
 An Gleann-ruathain gu brath.

B' iat mo ghradh-sa 'ghreigh uallach  
 Thogadh suas ris an aird,  
 'Dh 'ithedh biolair an fhuarain,  
 'S air 'm bu shuarach an cal.  
 'S mise fein nach dug fuath dhuibh,  
 Ged a b' fhuar am mios Maigh ;  
 'Stric a dh 'fhuiling mi cruadal,  
 'S moran fuachd air bhur scath.

B'e mo ghradh-sa 'm fer buidhe  
 Nach suidhedh mu'n bhord,  
 Nach iarradh ri 'chennach  
 Pinnt lenna no beoir :  
 Uisge-betha math dubailt  
 Cha bu diu let ri 'ol ;

B' f hearr let biolair an f huarain  
'S uisge luaineach an loin

B' i mo ghradh-sa 'bhen uasal  
Dha nach d' f huaras riamh lochd,  
Is nach iarradh mar chluasaig  
Ach fìor ghualann nan cnoc ;  
Is nach fuilingedh an t-sradag  
Bhi ga lasadh ri corp ;  
Och, a Mhoire, mo chruaidh chas,  
'S fada bhuaith mi an nochd.

Ben a b' aigentich' ceile  
An am eirigh ri druchd ;  
Chan f haighedh tu beud dha,  
'S cha bu leir leis ach thu,  
Sibh an glacabh a cheile  
Am fìor eudan nan stuc ;  
'S an am eirigh na greine  
Bu ghlan leirsin do shul.

'N uair a thigedh am foghar,  
Bu bhinn leam gleodhar do chleibh,  
'Dol a ghabhail a chronain  
Air a mhointich bhuig, reidh,  
'Dol an coinnimh do lennain,  
'Bu ghel feman is ceir,  
Gur tu 'n eilid 'bu bhoidhche,  
Is bu loghmhoire ceum.

---

Sailes, salt water. Cas-chrom, a crooked spade used by the old Highlanders. Gadhar, a lurcher dog, a grey hound. Faghit, a chase, a hunt, a hunting party. Between the head of Loch Seaforth and Rudha Chrionaig lies the Park or Forest of Lewis.

The poet having injured his foot severely went to Edinburgh to consult the doctors there. It was whilst under the hands of the doctors that he composed the poem.

## IAIN LOM.

John Macdonald, commonly called Iain Lom or Iain Manntach, was a native of Lochaber. He was the son of Donald, son of John, son of Donald, son of Iain Alinn, fourth Macdonald of Keppoch. He was a Roman Catholic and a Jacobite. He shows an intimate acquaintance with the historical portions of the Bible, with Scottish history in general, and with all the political plans and events of his day. He was a man of strong convictions and intense earnestness. He was evidently an honest man. He wielded a vast amount of influence over the Jacobite chiefs of his time. It is supposed by some that he received a good education, but the probability is that he could neither read nor write. It is not certain that he was married; but he had a son who possessed a fair share of his own poetic powers. He was a poet of unquestionable ability. So far as the political school of Gaelic bards is concerned, he stands unequalled.

Iain Lom was born about the year 1620. He was present at the battle of Stron-a-Chlachain, where his father was killed, in 1640. He was a prominent man in 1645, the year in which the battle of Inverlochy was fought. He died in 1709. He is buried at Dun-Aingel in the Braes of Lochaber. A handsome monument was erected over his grave a few years ago.

— x —

## BLAR INBHIR-LOCHIDII ;

LE IAIN LOM.

LUINNEG.

Faobh ho ro ho, choisin co beg,  
 Faobh ho ro ho, choisin co beg,  
 Faobh ho ro ho, choisin co beg;  
 Seinnibh sin air co so b' aill leibh.

'N cuala sibh an turas ainmail  
 'Thug Alastair mac Cholla 'dh-albinn?  
 Rinnedh leis pronnadh is marbhadh,  
 'S legadh leis coilech Strath-Bhalgidh.



An t-eun dona 'chaill a cheutidh  
 An Sasunn, an Albinn, 'san Eirinn ;  
 Is ite e a curr na sceithe ;  
 Cha mhisde leam ged a gheill e.

'N cuala sibh an tiunnadh duinail  
 'Thug an camp' a Cille-chuimain.  
 'S fada 'chaidh ainm air bhur n-urras ;  
 'Thug sibh as bhur naimhden iomain.

Dh' aithnich mi bhur surd air tapadh  
 A direadh am mach glun Chuil-echidh.  
 'S ged tha mo dhuthich 'na lasair,  
 'S eiric air a chuis mar thachair.

Ged a bhiodh oighreachd a Bhraighe  
 Gu ceann shechd bliadhna mar tha i,  
 Gun chur, gun chliathadh, gun aitech,  
 'S math an riadh gu bheil sinn paighte.

Dhirich mi moch maduinn cheorich  
 Gu braigh' caistal Inbhir-Lochidh ;  
 Chunnic mi 'n t-arm a dol an ordagh,  
 'S bha buaidh a bhlair le Clann-Domhnaill.

'Alastair nan geur-lann scaitech  
 Thoisich thu 'n de ri cur as daibh ;  
 Chuir thu ratreut sech an caistal,  
 Agus surd gle mhath ga lentail.

Alastair nan geur-lann guinech  
 Nam biodh agad t' armuin uile,  
 B' fheudar do na dh' fhalbh diu fuirech,  
 S ratreut air prabar an duilisc.

Alastair mhic Cholla ghasda  
 Lamh dhes a scoltadh nan caistal ;  
 Chuir thu 'n ruaig air Ghallabh glasa  
 'S ma dh' ol iat cal chuir thu ast' e.

Thug sibh toital teth mo Lochidh  
 A toirt bhuillen mu na sronabh ;  
 Bu lionmhor claidhibh clais-ghorm comhnard  
 Gam bualadh an lamhan Chlann-Domhnaill.

Dh 'innsinn sceul eile le firinn  
 Cho math 's a ni cleirech a scriobhadh ;—  
 Chaidh na laoich ud gus an dichìoll,  
 'S chuir iat maoin air luchd am mi-ruin.

Is mairg a dhuigedh bhur n-aniochd  
 'N am rusgadh nan greidlein tana ;  
 Bha ingnen nan Duibhnech ri talamh  
 An deidh an luithen a gherradh.

'N la a shaoil iat a dhol leotha  
 Bha na laoich gan ruith air reothadh ;  
 S iomad slaodanach mor odhar  
 'Bh' air aodan Achadh-an-todhair.

S iomad fer aid' agus pior-bhuic  
 Agus cuilbhair chaoil dhirich,  
 'Bha 'n Inbher-Lochidh 'na shinedh,  
 'S bha luaidh nam ban a Cinntire ann.

'S iomad corp nochdte gun aodach  
 'Bha 'call fal' air lotabh caola,  
 Etar 'n t-ait 'an d' rinn iat maomadh  
 Is ceann Leitir Blar-a-Chaorin.

'S iomad spog ur air dhroch shailledh  
 Thall 's a bhos mu Thom na n-Aire,  
 An deidh an reubadh le claidhibh,  
 Neul mhairbh air an suil 's iat gun anam.

Chuala sibh mu'n Ghoirtain odhar,  
 Tha e 'm bliadhn' aginn 'na thodhar,  
 Gun inneir chaorach no ghobhar  
 Ach fuil nan Duibhnech air reothadh.

Serios orm ma's truagh leam bhur gairich  
 No anshocair bhur cuid phaisden ;  
 Donnalich bhan Erraghaidhal  
 'Caoidh nam fer a dh 'fhan 'san araich.

Air do laimhsa Thigherna Lathair,  
 Ge mor do bhosd as do chlaidhibh,  
 'S iomad fer mor 'chinnedh t' athar  
 'Bha 'n Inbir-Lochidh 'na laighe.

'S iomad fer cleoc' agus bioraid,  
 Cho math 's a bha beo dhe d' chinnedh,  
 Nach dug a bhotuinnen tioram  
 A foghlum snamh' air bun Nibhais.

Iain Mhuidartich nan seol soilleir  
 A sheoladh a chuain ri la doilleir,  
 Ort cha d' f huaradh bristedh coinnimh ;  
 'S ait leam Barra-Brec fo d' chomrich.

Thug thu gu d' dhubhlan a leigedh  
 Air Caimbalich chiar nam beul slighech ;  
 Gaor is enchinn 'dol 'nan stigel,  
 Slachdrich lann 's an ceann 'gam bristedh.

---

Urras, boldness, audacity. Curr, a corner. Todhar, a field manured by folding cattle upon it. Comrich or comarich, protection, obligation, favour, mercy; fod' chomrich, at thy mercy.

The Marquis of Montrose defeated the Covenanters at Tippermuir on Sunday, September 1st, 1644. He won a second victory over them at Aberdeen, September 12th, 1644. They were commanded at the latter battle by Lord Burleigh, Lord Lewis Gordon, third son of the Marquis of Huntly, being second in command. The line, "Cha mhisde leam ged a gheill e" evidently refers to the defeat of Lord Lewis at Aberdeen. From the 13th of December, 1644, until near the end of January following, Montrose, Alastair Mac Cholla and John Muidartach traversed the county of

Argyll in different directions, burning, wasting, and destroying everything that came within their reach. A little before the end of January, 1645, Montrose collected his men together and marched towards Inverness. When he was at Cille-Chuimain, or Fort Augustus, John Lom came to him in great haste with the information that the Marquis of Argyll had entered Lochaber with an army of 3000 men, that he was burning and laying waste the country, and that his head-quarters were at Inverlochy. It is to Argyll's depredations that the line, "Ged tha mo dhuthich 'n a lasair," refers. Montrose marched back with all possible speed to attack Argyll. He arrived in Glen-Nevis on the evening of February 1st. The battle of Inverlochy began shortly after sunrise on Sunday, February 2nd, 1645. Argyll's army was made up of his own followers and 1,000 Lowlanders. It was commanded by Sir Donald Campbell of Auchinbreck, a very brave man. Argyll prudently withdrew from the scene of action the night before the battle. Montrose won a complete victory. He lost only three men. Of the army brought to the field by Argyll fourteen barons of his own Clan, and 1,500 soldiers were killed. Among the prisoners taken by Montrose was Campbell of Barbreck. The expression, "Gu braigh' Caistal Inbhir-Lochidh," does not mean that Iain Lom ascended to the top of the castle, but that he climbed up to some high spot from which he could see the castle and the battle. The poet was no more of a fighter than Argyll himself. When Alastair Mac Cholla asked him to take part with him in the battle his reply substantially was, "Cathichedh sibhse 's innsidh mise."

---

## IORRAM.

### *Do Mhac-Gilleain Dhubhairt.*

LE IAIN LOM.

Cuid de dh-aobhar mo gherain  
 'N ti 'tha 'n laimh ann sa Charric  
 Gus an trialladh luchd-elain o 'n fheill.

B'e sin grianan nan Gaidhal  
 Agus uaisle fir Alba,  
 Mac-Gilleain nan arm gasd', cruaidh, geur.

Ann an toisech do ranntachd  
Thig Mac-Leoid o Chaol-Acuinn  
Is siol Thormaid 's neo-scathach 'nan gleus.

Gun dig siolachadh Uisdain  
Bho Dhun-Scathich an t-siuil sin,  
Dha 'm bi 'n t-iubhar ga rusgadh ri feum.

Thig Clann-Domhnaill Ghlinn-Garadh  
Agus uaislen Loch-aircaig,  
Dha 'm bi fiuthidhen fada, caol, reidh ;

Air am biodh na cinn ghlasa,  
'N deidh an egadh gu drechmhor,  
'Dhol an creubhaig le tart' rich nam meur.

Gum bi spailpedh air pioban  
Is sluagh ri faichehd gu lionmhor,—  
Luchd nam breacan a 's riomhaiche ceum.

'S lionmhor clogad ann 's luirech,  
'S sciath chearr air laimh diumbhlich,  
Is sar ghunna nach diultadh ri feum.

Gum bi 'm fehd so 'dol thairis  
Gu duthich Mhic-Cailain,  
'S gum bi smudan is dennal 'nan deidh.

'S lionmhor clesiche 's clarsair  
'Triall gu cathair nan Gaidhal,  
Bhon 's ceann-uidhe dhaibh Aros nan ceut.

Gum bi 'n t-sreth so 'dol sechad  
Air na grainegan glasa ;  
Fledh an fhion' a's or-lasta 'na deidh.

Bidh luchd-giodail a falbh bhuainn,  
Bho nach cuibhe leinn ann iat ;  
'S gum bi na biodagan derga 'nan cre ;

A bioradh sliochd Dhiarmid,  
 Pragan salach an iasgich,  
 Bho nach bi sinn am bliadhna do 'n reir.

---

Giodal, flattering; luchd-giodail, flatterers. Orlasta, shining like gold.

Sir Lachlan Maclean of Duart was seized at Inverary by the Marquis of Argyll and imprisoned in the castle of Carrick, in 1647.

---

## MORT NA CEPICH.

LE IAIN LOM.

'S terc an diugh mo chuis ghaire,  
 'Tigh 'n na raiden so 'n iar;  
 'G amharc fonn Ionar-laire  
 'N deidh a stracadh le siol.  
 Ged tha Chepach 'na fasach  
 Gun aon aird' oirre 's fiach,  
 Gum faicedh Dia, 'bhraithren,  
 Gur trom a bharc oirnn an t-sion.

'S fad' bhios cuimhn' air an Aoine  
 'Dh' fhag a chaoidh sinn fo sprochd,  
 Ann an am na Feill-Micheil,  
 'S cha bu ni 'chall air flod;  
 Ach bhi 'n diugh 'n ar cuis-bhurta  
 Mar mhiol-buirn air gach loch;  
 'N uair 'theid gach cinnedh a dh-aon taobh,  
 Bidh sinne scaoilt' mu 'n chnoc.

'S ann Di-sathuirne gearr bhuainn  
 Bhuaill an t-erchall orm goirt,  
 'S mi os-cionn nan corp gela  
 'Bha 'call fala fo 'n bhrot:

Bha mo lamhan-sa craobh-dherg  
 'N deidh bhi taoscadh bhur lot ;  
 'S e bhi 'gur cur ann sa chiste  
 Turn a's misde mo thoirt.

B' iat mo ghaol na cuirp chul-bhuidh'  
 'Sam bu dluth cuir nan scian ;  
 'S iat 'nan sinedh air urlar  
 'N seomar ur gan cur sios,  
 Fo chasan Shiol Dughail,  
 Luchd a spuilledh nan cliar ;  
 Dh' f hag ailedh nam biodag  
 Mar scaile ruidil bhur bian.

Bhur taigh cadil tha duinte,  
 'S e gun smuid deth, gun cheo,  
 Far an d' f huair sibh 'n garbh rusgadh  
 'Thaobh 'ur cuil is 'ur beoil.  
 Ach nam faighedh sibh uine  
 Bho luchd 'ur mi-ruin bhi beo,  
 Cha bu bhaile gun surd e,  
 Bhiodh aigher, muirn ann, is ceol

'S fuar caidremh taigh-tabhairn,  
 'San robh gairich is cosd,  
 Far nach cluinner guth clarsich  
 Ach gaoir chraitech nam bochd ;  
 'N diugh mar thailesg fo dhaoin'  
 Tha t' f herann scaoilte 's e nochd ;  
 Tilger urchair na disne  
 'S chi gach ti am meur goint'.

Oirne thanic an dimbuidh  
 Is an iomagain gheur,  
 Mar bha claidhibh ar fine  
 Cho minic 'nar deidh ;  
 Paca Thurcach gun sireadh  
 A bhi pinnedh bhur cleibh,

Bhi 'nur breacain 'gur filledh  
'Mesc 'ur cinnidh mhoir f hein.

'Leith'd de mhort cha robh 'n Albinn,  
Ged bu bhorbar' a gleus ;  
'S cha bu laghail an t-selg e  
'Chosnadh selbh rioghachd Dhe.  
Ge b' e 'm fath mu 'n robh 'n scionadh  
'Chaidh chan innis mi 'n sceul ;  
Cha dan' a leithid de mhilledh  
Air ceann-cinnidh fo 'n ghrein.

Ghabh sibh roimhe so fath oirnn,  
Dh' fheuch bhur cairdes ruinn geur ;  
Chaidh sibh 'staigh ann san fhasach  
'N uair a thar sibh bhi reidh ;  
Chuir sibh cungidh a' chaise  
'Staigh an aros nan teud,  
'S cuid de 'm buailaichen ba-chruidh  
Ann an garadh nam peur.

Cait an ròbh e fo 'n adhar  
'Sheall 'nur bathais gu geur,  
Nach dugadh dhuibh athadh,  
A luchd 'ur labhirt 's 'ur beus',  
Mach bho chlann bhrath 'r 'ur n-athar,  
'Mheall an t-aibhistair treun ?  
Ach ged rinn iat bhur lot-sa,  
'S trom an rosad dhaibh fein.

Tha leann-dubh 'na chas cruaidh orm,  
'Tigh 'n an uaignes mo chleibh ;  
Leis mar dh 'f has e 'na chuan orm  
B' fhearr leam bhuam e mar cheut.  
Ciamar dh' fhaodas mi diredh  
Gun ite dhiles 'nam sceith ;  
'S luchd a dheanamh na sithne  
Bhi fedh na tire gun deidh.



'S og a bha sibh de bhliadhnabh,  
 Ghlac an ciatadh sibh luath ;  
 'S glan a nochd sibh bhur ciall  
 Gu cur bhur riaghailten 'suas.  
 Ge b'e ghabhadh rium fiabhras  
 Bhi 'gur n-iargain 's sibh bhuam,  
 Bidh mi 'caoidh mu 'ur riasladh  
 Gus an liath air mo ghruaig.

Chuir Dia oirnn mac oighre  
 Gu bhi 'na choinnleir roimh chach,  
 'Chum gun soillsichedh 'sholus  
 Mar phres-toridh fo bhlat.  
 'S mi gum fregradh do chaismechd  
 Air fraoch-bhratich gun cherb,  
 Delbh do bradain, do dhobhrain,  
 Do luing', leoghin 's laimh dheirg.

Dh' ordich Dia dhuinn craobh-shiochaint  
 'Chumadh dion oirnn le treoir,  
 Do 'm bu choir dhuinn bhi striochdadh  
 Fhad 's an cian 'bhiomid beo.  
 Ma 's sinn f hin a chuir dith oirr'  
 Chan fhearr a chrìochd a thig oirnn ;  
 Tuitidh tuagh as na flaithe  
 Leis an scathar na meoir.

An glan fhiuran so 'bh' aginn  
 'N taobh so fhlaithes Mhic Dhe,  
 An t-aon fhiuran a b' aillidh'  
 'Bh' ann sa phaire an robh speis,  
 Thanic sciursadh a bhais air  
 'Thug gu lar e 'dh-aon bheum,  
 Mar gum buainedh sibh ailain  
 Leis an fhaladair gheur.

'S math is toilltinnech sinne  
 'Bhi gu minic am pein,

Bhon a ghlac sinn fal spiorad  
 Ann an ionad fiamh Dhe.  
 Mar luirg bhris' air an linge,  
 Ged bu mhilis am beul,  
 Bha na daoine dha 'm buinedh  
 A bhi umabh mar sceith.

Tha mulad air m' inntin  
 A bhi 'g innsedh bhur beus':  
 'S ann a ghabh iat am fath oirbh  
 N uair chaidh 'ur fagail leibh fein.  
 'S bochd an sceul etar bhraithren  
 E 'dhol an lathair Mhic Dhe,  
 Mar a chrechadh na fiurain  
 Leis na h-Iudasich bhreun.

Cha b'e sud 'bha mi 'g ionndrain,  
 Ge do phlunndrig iat sibh,  
 Ach na h-oganich chul-bhuidh'  
 Air an lubadh 'san lion.  
 'S e 'chuir stad air mo shugradh  
 'S 'dh-fhag mo shuilen gun dion,  
 Sibh bhi sint' ann sa chruisle  
 'S graisc na duthcha gun fhiamh,

Gun selladh Dia oirnn le 'ghrasan  
 Ge b'e la 'thig ar crìoch,  
 Bhon is mallicht' an t-al sinn  
 'S gur mairg a dh-arich ar trian ;  
 Is gne Thurcach gun bhaigh sinn  
 Ach nach d' aichidh sinn Crìosd ;  
 Fagidh muir air an traigh sinn  
 Mar chulidh-bhaite gun dion.

'Bheil an stoc as an d' fhas sibh,  
 'Cur bhur bais an neo-shuim,  
 'S uir-luch riabhach na pairce  
 'Gabhail saith fo fhal-fuinn ?

Ciamar 'dh' 'fhuilinges tu fein sud,  
 Gun t' fhuil a dh' eirigh so thuinn,  
 'S gur tu 'thog iat 'nan oige,  
 'Staigh mu d' bhord an Dun-tuilm ?

Ach a Mhorair Chloinn-Domhnaill  
 'S fad' do chomhnidh 'mesc Ghall ;  
 Dh' fhag thu sinn' ann am breislich  
 Nach do fhresdail thu 'n t-am ;  
 Cha mho ghleidh thu na gibhten  
 'Chaidh gun fhios duit air chall ;  
 Tha sinn corrach as t' aogis,  
 Mar cholinn scaoilte gun cheann.

'S iomad oganach treubhach  
 'Shiubhledh reidh is glaic chrom,  
 Etar ceann Drochaid Èirenn  
 'S Rudha Shleite nan tonn,  
 Leis 'm bu mhiann 'bhi 'diol t' eiric  
 Nan robh do chreubhag lan tholl,  
 'Sa ghrad dheanadh a eirigh,  
 'Dheagh Shir Seumas nan long.

A Mhic Moire 's a Chrìosda  
 'Dh' fhuiling pian nan coic creuchd,  
 Faic mar thoill iat an ditedh  
 Gach aon ti 'bha mu 'n eug ;  
 Ma tha toradh 'san diogh 'ltas  
 'Chur do rioghachd an leud,  
 Gaoir na fala tha 'dhith orm  
 Gu ruige sith fhathas De.

---

Far an robh mi car tamuil.  
'S ro mhath b' eol dhomh Gleann-canach an  
fheoir.

'Dol air Moiresdan thairis  
Fo Chenna-chnochd a bharrich,  
'S tric a fhliuch mi ann gerra chasan 's brog.

Chi mi thall ud na h- aighen,  
Iat a tighin 'nan gredhan,  
'S damh mor a chinn lethin 'nan coir.

Greigh astarach uailbhrech,  
Nan gasganan guanach,  
Buidhen aigennach uallach nan croc.

Tha Beinn Uathais bhuan tamuil,  
Bellach-mor etar bhennabh ;  
'S tric a thug mi as daimh is crodh og.

'Nuair a dheaninn am malairt,  
 Rachinn scriob do 'n taigh lenna,  
 'S cha bhiodh cunntas air cennach nan corn.

Bhiodh na stopanan dubailt  
 Air Domhnall gan cunntas,  
 Gus an d' rinn iat mo spuilledh 's mi fallbh.

Tha mo bhreacan air siledh  
 Gus na dhruigh air da fhilledh,  
 Uisce ruith as na's mire na 'n lon.

Mo dheoch mhadn' air a fuaired,  
 Uisce 's biolair an fhuarain,  
 'S biodh an eilid air uairibh ga choir.

'Righ, bu mhath mo bhen ruin i,  
 Ged a chithedh a suil mi,  
 'S i nach cuireadh orm cuis 'san taigh mhoid.

Ach, 'ille, bi gluasad,  
 Fios gu Isebal bhuamsa  
 Gu bheil mi le fuachd air mo leon.

Mar do rinn ise muthadh,  
 Mar rinn moran 'na duthich,  
 'Se mo bharail nach diult i dhomh stop.

---

After the Earl of Argyll escaped to Holland, from the sentence pronounced against him in 1681, the Marquis of Athol was appointed Lord-Lieutenant over the county of Argyll, and held his court at Inverary. The Marquis and his followers seem to have kept within bounds until Argyll was caught and beheaded in 1685. Afterward they plundered the Campbells and their followers of every thing that they could lay hold of. The poem was evidently composed whilst the Marquis of Athol was Lord-Lieutenant of Argyleshire. *Archibald Brown's Memorials of Argyleshire, page 448.*

## ORAN.

LE DOMHNALL DONN BHOTH-FHIUNNTAIN.

Beir an t-soridh so bhuam  
 Do Ghleann-Ruaidh le fer eigin ;  
 Gu buidhin mo ghaoil,  
 'S iat nach saoilinn 'mhelladh orm ;

*Hugoran o u e ho,  
 I ri ri hiag o,  
 Hugan o lail o,  
 No ho i ri ri ho ro.*

Gu buidhinn mo ghaoil,  
 'S iat nach saoilinn 'mhelladh orm ;  
 'S truagh nach robh coic ceut  
 Air aon sreud 'sa bhaile so.

'S truagh nach robh coic ceut  
 Air aon sreud 'sa bhaile so.  
 Gum biodh saighderan an righ  
 'S da-thrian a gal dhiu ann.

Gum biodh saighderan an righ  
 'S da-thrian a gal dhiu ann.  
 Chailledh an salan a phris,  
 'S cha bhiodh miadh air anartan.

Chailledh an salan a phris,  
 'S cha bhiodh miadh air anartan,  
 Ach a Ruari Mhic-Leoid,  
 An Righ 'thoirt a bhennachd ort.

Ach a Ruari Mhic-Leoid  
 An Righ 'thoirt a bhennachd ort ;  
 Leam is duilich an sceul  
 'Thug an de do 'n bhaile 's thu.

Leam is duilich an sceul  
 'Thug an de do 'n bhaile s' thu ;  
 Do bhrathair des ur  
 Air do chul gun charachadh.

Do bhrathair des ur  
 Air do chul gun charachadh,  
 An ciste chumhinn nam bord,  
 'S an t-ord ga tennachadh.

An ciste chumhinn nam bord,  
 'S an t-ord ga tennachadh ;  
 'S daor a chennich thu 'chaisc,  
 Lot is chraidh an t-errach thu.

'S daor a chennich thu 'chaisc,  
 Lot is chraidh an t-errach thu.  
 Chaill thu selgair a gheoidh,  
 An roin 's na h-ela ris.

Chaill thu selgair a gheoidh,  
 An roin 's na h-ela ris,  
 'S a choillich duibh air a gheig,—  
 Gur tu-f hein a mhelladh e.

'S a choilich duibh air a gheig,  
 Gur tu-f hein a mhelladh e ;  
 Agus lach a chinn ghuirm,  
 Cha bhiod t' urchair merachdach.

— x —

## MILE MALLACHD DO'N OL.

LE DOMHNALL DONN, MAC FHIR BHOTH-FHIUNNTAIN.

Mile mallachd do 'n ol,  
 'S maig a dheanadh dheth poit,  
 'S e mo mheliadh gu mor a f huair mi.  
 Mile mallachd, etc.

Mile marbhphaise do 'n dram  
 'Chuir an daorach a' m' cheann,  
 'N uair a ghlac iat 'san airde tuath mi.

Mun d' fhuair mi 'bhi 'm mach,  
 'S a bhi 'm armabh gu cert,  
 Bha rag mheirlech nan cerc mu'n cuairt dhomh.

Bha tri-fichet 's a triuir  
 Ga mo ruith feadh nan lub,  
 Gus 'n do bhuin iat mo luth 's mo luaths bhuam.

Bha Seumas Dubh ann air thus,  
 'Righ, bu laidir a dhuirn ;  
 'S chuir mi Uillam gu 'ghlun 'san fhuaran.

'Righ, gur mise 'bha nar,  
 'N uair a ghlac iat mi slan,  
 Is nach dug mi fer ban no ruadh dhiu.

Bidh mo mhallachd gu brath  
 Aig a ghunna mar arm,  
 An deidh a mhellidh 's na tair' a fhuair mi.

Ged a gheibhinn dhomh fein  
 Lan buaile de spreidh,  
 B' annsa claidhebh le sceith 'san uair ud.

Iain Duibh, tog am mach,  
 Thoir na dh' fhaodas tu let,  
 Agus cuimhnich a bheirt 'bu dual dhuit.

Na seall air do ni  
 Faic t' fhuil a dol diot,  
 Is na bi na do chileig shuarich.

Nam biodh tusa fo ghlais  
 Agus mise 'bhi as,  
 Naile chuminn mo chas gle luaineach.

Bhiodh an t-osan gle ghearr,  
Is am feile gle ard,  
'S balgan pellach os cionn a chruachain.

Nam biodh fios mi bhi 'n sas  
Gun duil ri fuascladh gu brath,  
'S lionmhor 'ghabhadh mo phairt san uair so.

'S iomad maighden dhes, ur,  
A chluinntedh farum a guin,  
A chuireadh na cruin gam f huasgladh.

Gu bheil te dhiu 'n Strath-spe,  
'S nam biodh fios aice fein,  
Naile, chuireadh i ceut gu luath ann.

— x —

#### LACHINN MAC-MHIC-IAIN.

Lachlan Maclean, known as Lachinn mac-Mhic-Iain, was of the family of Coll. He was probably a grandson of John Garbh, seventh of Coll.

#### CUMHA.

*Do Lachinn Mac-Gilleain, Triath Cholla, a bhathadh 'sa bhliadhna, 1687.*

#### LE LACHINN MAC-MHIC-IAIN.

Marbhphaise air an t-saoghal chruaidh,  
'S laidir buan an carich' e ;  
Chan fheil mionaid ann san uair  
Nach bi 'ghluasad merachdach ;  
Aig f hebhas 's a bhios a sceimh  
Bheir luchd-bleid an aire dha ;  
'S gun d' aithnich mis' orm fein  
Gum bu bhreug a ghellichen.

'N ni sin shaoiles tu bhi 'd laimh,  
 'S e gun dail, gun mherachd ann,  
 Ma 's ni glaiste san taigh stoir,  
 Ge b'e or no ellach e,  
 No duine mascullach og  
 'San cuir thu dochas barantais,  
 Sud e sechad mar am feur,  
 'S ochain ! threig mo bharail mi.

Tha fer 'sa chaibal so shuas  
 'D' f hag mo shnuadh-sa malartach.  
 A rìgh, bu drechmhor do ghruaidh  
 'N am bhi 'bualadh chrannanan  
 Bu ghlan do rughadh 's do ghris  
 Rì ol fion' an tallachan ;  
 Gheibhinn do chaidremh 's do run,  
 'S gun d'fhalbh mo shunnd bho'n chailledh thu.

Cha bhi mi tighechd air do bheus,  
 Bho nach gnìomhan ballich iat ;  
 Cha robh thu taisceil air seud,  
 'S thug luchd-teud an aire dhuit.  
 Bha thu macanta ri mnaoi,  
 'S ri aos-dana carthannach ;  
 'S ged bu chruadalach do lamh,  
 'Rìgh, bu tlath ri lenabh thu.

Bu mhath laimhsiched tu pic,  
 Cennard piob' is bratich thu ;  
 Bha thu 'd mharbhadair air feidh,  
 'S b' fher dha 'n geilledh bradan thu :  
 Bha thu 'd mharcich' ann sa chuirt  
 Air ech cruithech, aigennach,  
 'S bha thu 'd sciobair onfhaidh fhuair,  
 Bu tric 'sa chuan Shas'nach thu.

Ni mi do shloinnedh gu foil,  
 Cha bhi stro no barrachd ann ;

Thanic thu bho Lachinn Mor,  
 Mac-Gilleoin a b' allaile ;  
 'S do shloinnedh direch r'a lorg  
 Gu Sir Eoin Mac Ailein so ;  
 'S an am comhairle no gleois  
 Gun thu bhi beo gum fairich iat.

Thanic thu air sliochd Iain Mhoir,  
 'S bho Mheubh oig 'bu bhanaile ;  
 An t- Iarla sin a bh' air an Rut'  
 Bha e dluth 'na charid dhuit.  
 Car thu Dhomhnall Gorm bho 'n tur,  
 'Choscadh cruin gu scairepach,  
 'S do dh- Iain Muidertach nan ceut,  
 A thug ceile clannail dhuit.

'S car thu Dhughall og nan steud,  
 A dhiult beum luchd-elanta,  
 'Rinn do phairt ri Morair Mar  
 'Thaobh na mna bha 'n cengal ris,  
 Seonaid mathair Lachinn Mhoir,  
 'S nigh'n Mhic-Leoid na Herradh ud ;  
 Bhon thanic thus' as an cre  
 Chuir sin an cleith Mhic-Cailain thu.

Mac-Leoid 'sa chinnedh gu leir  
 Tha gu geur gad gheran-sa ;  
 Chaill iat itich as an sceith  
 Bho 'n la threig an anail thu.  
 Bho 'n Chaistal Tioram 'san Aird  
 Thoisich am pairt barantail,  
 'S bha 'n cairdes sin druim air dhruim  
 'Tigh 'n air linn gun charachadh.

Nan tuitedh tus' ann am blar,  
 No'n comhraig ghairbh ri fer-eigin,  
 Le Mac- coinnich is Mac-Neill  
 Dheantedh eirigh bherraidech ;



Mac-Mhic-Alastair bho 'n Troim  
 Dheanadh torachd elamh ort ;  
 'S bhiodh Mac-an-Toisich 's a rann  
 'Bualadh lann gu farumach.

A Thi 'chruthich e bho thus  
 'Sa thug dhuinn an selladh s' dheth,  
 Dean sinn umhal dha d' thoil f hein  
 Anns gach gleus 'am bean Thu ruinn,  
 Bhon thig am bas air gach feoil,  
 'S theid an f hoid 'chur thairis orr'  
 'S an spiorad a dh-ionnsaidh Dhe  
 Bhon 's E-fein a chennaich e.

---

Ellach, cattle of any kind, a burden. Malartach, variable, changeable. Gris, a reddish look.

Lachlan, eighth Maclean of Coll, was a brave soldier, and a kind man. He served several years under General Mackay in Holland. He was married to Marion, daughter of John Macdonald, captain of the Clanranald. He was drowned in the water of Lochy in Lochaber, in August, 1687.

Hector, fourth Maclean of Coll, married Meve, daughter of Alexander Macdonald of Islay and the Glens, and sister of Somhairle Buidhe, father of the first Earl of Antrim. She was descended from Iain Mor Tanaistear, son of the first Lord of the Isles. Hector's son, Hector Roy, married Marion, daughter of Hector Og of Duart, and grand-daughter of the Earl of Argyll. Hector Roy's son, Lachlan, married Florence, daughter of Norman Macleod of Harris, and grand-daughter of the Earl of Argyll. Lachlan's son, John Garbh, married Florence, daughter of Sir Dugall Campbell of Achanambrec by his wife, Mary Erskine, daughter of the Earl of Mar. John Garbh's son, Hector Roy, married Marion, daughter of Hector of Torloisk, son of Lachinn Og, of Torloisk, son of the celebrated Lachinn Mor Dhubhairt, son of Hector Og of Duart, by his wife, Seonaid nighen Mhic-Cailain. Hector Roy died before his father. Lachlan, the subject of the lament, was his son.

## DI-MOLADH NA PIOBA.

LE LACHINN MAC-MHIC-IAIN.

'Ghillesbic, ni 'm molim ri m' bheo  
 Fer aithris do ghniomh',  
 'Chionn de na chual thu de cheol  
 Gun dug thu 'n t- uram do 'n phiob.  
 Mur cuala luchd-teud scainnel do bheoil,  
 'S tu 'bu dona gu'n diol ;  
 Gum b' fhearr thu 'dhith arain is mharag is fheol',  
 A bhallich nach b' fhiach.

'S iomad iarl' ann an Albin an nochd  
 N'a leba, tha fios,  
 An deidh a bhru 'lionadh le cabhrich a poit,  
 'Se 'tionndadh gu tric,  
 Nan digedh i teann orra anmoch no moch,  
 A ghlagaid gun mhes,  
 A bheiredh mar dhuais do 'n fher 'bhiodh 'na cois.  
 Na coin a chur ris.

Ge b' e glagaire 'thoisich an toisech ri ceol  
 A thoirt as a bian.  
 'S derbh gun robh brудар is breislech ro mhor  
 'Na chlaigenn re cian ;  
 Cha dig ceol ioraltach driothlunach luath  
 A tollabh a miar ;  
 'S ann a bhios i ri stadail 's ri glagail gun fhonn,  
 Mar ghagail nan giadh.

A cliu air glagarsaich mhoir  
 Is fad on a chual,  
 Ga taruinn am mach a t' achlais gun doigh,  
 A mhaiderlach thruagh.  
 Cuiridh i smaointinnen taisechd is geltachd gu  
 leoir  
 An aignedh ga chruas ;

Gum b' fhearr i mar chlach-bhalg 'chur nach ech  
bharr an fheoir  
Na bhrosnachadh sluaigh.

Gur h-e 's beus d'i na breugan le 'nert,  
'S breun i 'na t' uchd ;  
Ged bhiodh tu ga seidedh gus am b' eigin dhuit  
stad  
Cha sheinn i dhuit puirt ;  
Bu cho math 'bhi cur salain is t' anail a stech  
An goile na muic',  
'S mi nach h-iarradh gu brath a dhol faisce  
Air earradh a cuirp.

'S fad on a fhuair sinn taisbenadh sul  
Gum bu gheltach a gnaths ;  
Ri am dol 'nam braise gu tapadh do shluagh,  
'S ann a dheanadh i tamh.  
Aig Sliabh-an-t-Siorra beg dona so shuas,  
An cuala sibh e ?  
Thug i leum air muin gille bhig ruaidh,  
Gu teichedh o 'n bhlar.

An t-urram de na chunnic mo shuil,  
Gu cur fras cail,  
Do Chonduili 'bha 'm Muile ann an cuil,  
'S gu aire 'thoirt da.  
Aig Mac-Leoid a bha'n duine Mac-Cruimein a  
chiuil,  
Bha ainm air 's gach ait ;  
Ach Patric is Iain mac Uilleim na muisc,  
Da selimech nan cart !

---

When the firing began at the battle of Sheriffmuir the boy that carried Conduli's pipe got frightened and ran away. He took the pipe with him.

## CATRIONA NIC-GILLEAIN.

Catherine Maclean lived in Coll. She was known as Catriona nighen Eoghinn mhic Lachinn. It is probable that she belonged to the Coll branch of the Macleans. Her poems show much tenderness of feeling.

## CUMHA.

*Do Lachinn Mac-Gilleain, Triath Chola, a chaidh a bhathadh an abhinn Lochaidh sa bhliadhna 1687.*

LE CATRIONA NIC-GILLEAIN.

'S ann Di-sathairne 'chualas  
 Sceul an fhuathais nach gann ;  
 Gun robh mnathan gam buairedh  
 'S fir gan gualadh gu teann ;  
 Bu bheg an t-ionghnadh dhaibh fein sud,  
 B' uran eudail a bh 'ann ;  
 Lamh a ghlacadh na milten  
 An am ruscadh nan lann.

'S moch a chuala mi 'n t-eighech,  
 'S cha b e *teirim* mu 'n mhal ;  
 Ach m' aites is m' eibhnes  
 A thigh'nn 'na eidedh gu bagh.  
 Tha mi cinntech a m' sceula,  
 Gun robh do cheile ga cradh,  
 'Dol a dh-amharc na gibhte  
 'Bh' ann an ciste nan clar.

Ach a Lachinn mhic Echinn,  
 Nam bratach 's nam piob,  
 Gur a trom leam do shachd-sa,  
 Is nach h-acain thu scios  
 Thanic iuchair a ghaiscich  
 Fo ghlasabh do 'n tir ;

Crann gun tiomadh, gun tais 'thu,  
'S tu gun caiscedh gach scios.

Gu bheil maithen do dhuthcha  
Fo throm churam an drast,  
Mu 'n uachdaran chliutech,  
Marcich ur nan steud ard ;  
Chaidh thu tamull do dh-Eirinn,  
Do 'n Eiphait 's do 'n Spainn ;  
'S nuair a chaidh thu do Lunnain,  
Fhuair thu 'n t-urram thar chach.

Cait an robh ann an Albin  
Bechd-menmna mo ruin ?  
Laoch gasta, des, delbhach,  
'S tric a dherbh thu do chliu.  
Corp bu ghile na maghar  
Bha fo 'n aghidh gun smur ;  
'S e dh-fhag mise fo letrom  
Am ball-scirce 'bha 'd ghnuis.

Cait an robh e r' a innsedh  
'N taobh so 'chrich Innse-Gall,  
Aon oighre 'bu phriseile ?  
Gur dith leinn do chall.  
Bu tu 'n cennachadair fìor ghlic  
De 'n fhionn-fhuil gun mheng  
Leis an deant' an t-ol farsuinn  
Ann am bailten nan Gall.

Bu tu 'n cennachadair sar mhath,  
'S tric a phaigh thu na buinn,  
'S bu tu sciobair a bhata  
'S tric a sharich na croinn.  
Bu let racha gach ardrich  
'Chur a h-earrlìnn air tuinn,  
Ged a rinnedh do bhathadh  
Leis an radh air a bhurn.

Tha an t-oighre s' 'th' air Dubhairt  
 Fo phudhar gu leoir ;  
 Tha Clann-Domhnaill fo athall  
 Agus maithen Mhic-Leoid.  
 Bu let cairdes Mhic-Cailain  
 Bho charric nan seol.  
 Gur a h-iomad fuil phrisail  
 A bha diredh mu d' shroin.

Gur h-e mis' tha gun aigher,  
 Tha do thaighen gun aird,  
 Bhon a fhroisedh an t-abhall,  
 Is a chrathadh a bharr,  
 'Chraobh a b' uire de 'n fhion-fhuil,  
 'Bha 'cumail dion' oirnn is blaiths.  
 Gur a bron leis gach tighern  
 Thu bhi tighinn gu bagh.

'Dheagh Mhic-Iain o 'n Chorpich  
 Gur a fad 'tha thu bhuainn.  
 Do dhream shesadh mo larach  
 Ann an aite gle chruaidh.  
 'S ann diu Iain is Domhnall,  
 'Tha 'n diugh bronach, bochd, truagh ;  
 'Righ nan dul is nan aingel  
 Cum am persannan 'suas.

---

Mac-Iain o 'n chorpaich, or Mac-Iain-Abrich is a term frequently applied to the laird of Coll. Lachlan was succeeded by his only son, John. The next heir was Donald, Lachlan's brother. Hence the earnest wish expressed for the preservation of John and Donald.

— x —

GED A DH'FHAG THU RI  
PORT MI.

*Dh'fhag Domhnall Mac-Gilleain, Tigherna Chola,  
a bhana-bhard ri port an ann Tirithedh.  
'Nuair a ranic e fein an null chuir e a  
bhata agus a ghillen ga h-iarraidh-se  
Mun do thill am bata bha 'n t-  
oran so aice air a dheanamh.*

LE CATRIONA NIC-GILLEAIN.

Ged a dh' fhag thu ri port mi,  
Chan fheil mi dheth socrach no slan ;  
'S chan e curam an aisig so  
A chum mi gun chadal, gun tamh ;  
Ach nach grunnich mo chasan,  
Is nach d' fhoghlum mi 'n toisech an snamh,  
Gus an ruiginn an talla  
Far an tric am biodh caithrem nam bard.

A Thighern Oig, tha mo run ort,  
Criosd gad choimhed bho thuirling nan stuadh ;  
Ged a dh' fhag thu ri port mi,  
Chan fheil mi dha d' chorp ann am fuath.  
Bha mo chridhe ga thaladh  
'Nuair a chunnic mi 'm bata 'dol 'suas,  
F'o a h-uidhim gu socrach,  
Is mi guidhe dhuit fortain is buaidh.

Gu bheil lanain na feile  
'Nan laighe le cheil' ann san tur ;  
Gun d' fhuaire sibh gu 'r n-iartas,  
Cuid de dh-aigher 's de mhiannabh 'ur sul.  
Gur h-e chobhartach aghmhor  
Air a bhliadhna so thanic 'nar luid,  
Mac-Gilleain 's a cheile  
A bhi caithemh na fensda le muirn.

Ged a b' fhad' as an t-eilain  
 Chan fhaca mi gainn' air 'ur cul ;  
 Gum faight ann at fhardich  
 Fion dathte na Spainn' air na buird,  
 Aran cruinnechd gel, soghar,  
 Ga charadh an ordagh gu dluth ;—  
 Sar bhiadhannan gasta  
 Mar gun tarladh tu 'n taice ri buth.

Is a Thighern oig Chola,  
 'S tu m' eudail, is m' anam, 's mo run ;  
 Cuim' nach bi mi gad mholadh,  
 'S gum bu mhiann let mu d' choinnimh luchd-  
 ciuil ?  
 Bu tu 'n curidh sar ghasa,  
 Air mo laimh-sa gun scapadh tu cruin.  
 B' i do cheile 'n seud ainmeil  
 Is a bhen dha 'm bu toirbheirtech cliu..

'S beg an t-ionghnadh mor cheutachd  
 Bhi air ogha Shir Seumas o 'n tur ;  
 I bhi furbhailtech, fialaidh,  
 'Sin a b' fhasan d' i riamh is bu du.  
 Fhuair i urram nan Leodach,  
 Ann am misnich, am morchuis, 's an cliu,  
 Chaidh an naidhechd sin fad' ort  
 Aig gach aon a ghabh bechd air do ghnuis..

Nighen Ruari nam bratach,  
 Gur a maisech r'a faicinn 'mesc mhna.  
 'Bhen dha'n robh i mar asait  
 Aice fhein a bha 'n tachlasan aigh.  
 Gur h-i baintigherna Chola  
 Ris am faca mi 'n sonas a fas ;  
 'S fhuair i mairiste prisail  
 Leis am buannichtedh sith agus baigh.

A Dhomhnaill Mhic Echinn  
 Gun guidhinn-sa letsa deagh bhuaidh,



A mhic dalta mo shenar,  
 A fhuair urram, 's tu 'd' lenabh, air sluagh.  
 Latha buadhach sin Lochidh,  
 'S e a b' urrainn an torachd a ruag ;  
 Le a luaidhe 's le lannabh  
 Gum biodh airemh air chennabh gu uaigh.

Tha mi guidh' air an Ard-Rìgh  
 Gun cumadh e 'n t-alach so 'suas,  
 Do mhac oighre 'bhi 't aite,  
 Mar bu chubhidh, 'na aillegan sluaigh,  
 'Bhi 'na shuidh' ann at ionad  
 Rì toirt suidhechidh inich d' a thuath,  
 Gu socrach 'na theoghlach,  
 Is e 'fresdal nam feomach 's nan truagh.

Is tric aobhar mo mhulaid,  
 Is chan fheil mi dheth ullamh an drast,  
 Bhon a dhelich ruinn Lachinn  
 'Bheiredh dhomhsa feum ferinn gun mhal,  
 An sar churidh 'bha 'n Lochidh  
 'Chaidh le aigher nam bord air an t-snamh,  
 Is da Lachinn 'san Innis,  
 Is air leam nach robh 'n imairt-san cearr.

Deanibh fuirech beg fhathast  
 Agus bithedh ur faigidinn ciuin,  
 'S gun ag gheibh sibh deagh latha,  
 Ge nach biodh dhibh air fhaighinn ach triuir.  
 O gun deanadh sibh eirigh  
 Mar chaoin aital na grein' air an driuchd ;  
 'S 'nuair a bhruchdas bhur snodhach,  
 Gun grad chuir sibh sluagh coimhech an cuil.

## ORAN.

*Do dh-Echann Mac-Gilleain, Tigherna Chola,  
agus na Caimbalich a suidheachadh fearoinn  
Mhic-Ghilleain Dhubhairt.*

LE CATRIONA NIC-GILLEAIN.

An sceul 'thanic do 'n duthich  
'S e a dhurich dhomh mulad,  
Gun robh uachdarain ura  
'Cumail cuirt ann am Muile,  
'S iat ri ropinn 's ri eighech  
Co a's gleusta 'ni buidhinn,  
'S na fir dhlighech air fogradh,  
'S iat gun choir, gun ched fuirech.

Chan e duthchas bhur n-athar  
'Tha sibh a labhirt 'san am air,  
No oighrehd bhur senar  
'Tha sibh a cengal mu Chaingis,  
Ach staid dheagh Mhic-Gilleain  
A tha grathun air chall bhuainn;—  
'S sinne chren air bhi rioghail  
'N nis bhon striochd sinn gar n-antoil.

Chan e cumha fer Ile  
'Tha mi-fhin a sior acainn;  
No chuir smal air mo shugradh  
No chuir mo shuilen gu frasachd;  
Ach an naidhehd so 'fhuair mi  
'Nam dhuit gluasad air mharcahd,  
Nach do dh-iarr iat 'nan cuirt thu,—  
'S cha b' e 'n cubire 'bh' aca.

Cha bu scrubire clair thu  
'N tus paighidh no imairt,  
Ach fer misnechail suairce,  
A bha uasal ri shiredh.

Is fer ceannscalach, dan, thu,  
 'Is tu laidir an spionnadh ;  
 'Dol an coinnimh do namhit  
 Cha bu tlath thu ri d' thilledh.

Taing do Dhia mar a tha thu,  
 Nach do tharl thu 'nam fresdal,  
 Gu bheil Col' agus Cuimhnis  
 Fo do chuimse gu begnich,  
 Is Rum riabhach na sithne  
 Ri a diredh 'bu chregach ;  
 'S gur a tric air a h-ard chnoic,  
 'Dh' fhag thu 'n lan-damh fo letrom.

Is gum b' airidh air tuilledh  
 An duin' 'tha mi 'g raitinn,  
 Da bheil morchuis is misnech,  
 Moran gl'ocis is ardain.  
 Gu bheil seirc a'd' ghnuis aobhidh,  
 'S moran gaoil air do chairden ;  
 'S b' fhearr dhaibh falbh na bhi fuirech,  
 Sel mu 'm buidhinn am bas thu.

A dheagh Thigherna Chola,  
 Fhuair thu onair 's bu dual dhuit,  
 'S tu a shliochd nam fer gasta,  
 Nach bu tais an am cruadail.  
 Cha dug or ort no egal  
 Gun thu shesamh ri d' dhualchas ;  
 Gloir do Chrìosd mar a thachair  
 Nach h-fheil smachd aig luchd-fuath' ort.

Gur tu 'n t-uachdaran cliutech,  
 Cha b' fher spuinnidh air tuath thu ;  
 Tha thu faighidnech, iochdmhor,  
 'S tha thu mesail aig uaislen.  
 'S tu ceann-uidhe nan deoridh  
 'Thoirt an loin air bhèg duais dhaibh ;  
 'S ann an comunn nan aingel  
 Bidh aig t-anam-sa suaimhnes.

'S i mo cheist do ghnuis shiobhalt  
 A 's glan fiamhachd is faicinn ;  
 Gruaidh dherg mar na caoran,  
 Suil air aogasc na dercaig ;  
 Deut air chuma na disne,  
 'S beul o'n cinntiche facal ;  
 'N uair a bhiodh tu 's taigh-bhinne,  
 'S tu gu'n innsedh an certas.

Gur a mor a chuis uallich  
 'Th' air mo luaidh-sa mar churam ;  
 'S ann d'i clann Mhic-Gilleain,  
 'Chaill an aigher 'san sugradh ;  
 Clann an t-saoidh sin, Fer Bhrolais  
 'Tha fo 'n fhoid gun ched tiunndadh ;  
 Is clann Mhurchidh na Maighe,  
 Cuis gun aigher sud dhuinne.

'S iomad aon 'tha fo aimhel  
 'S Mac-Gillean as aite ;  
 'S ann diu oighre na Cuile,  
 'S iat bhi 'n tus de shliochd bhraithren.—  
 Chaidh an saoghal air chuibhlibh,  
 Bonn os-cionn a nis tha e ;  
 Ach, a Rìgh 'th' ann sa chathair,  
 Cuir caoin dhrech ann ad ghradh air.

'N drech 'bu mhiann leam air fhaicinn  
 Sel mu'n glacadh am bas mi,  
 Mo mhuinntir a thilledh  
 As gach ionad 'sna thamh iat,  
 Na h-oganich ghasta  
 Chul-chlehdach, dhes, dhaichail,  
 'S iat a thabhirt ruaig mhanidh  
 Far an ainid le cach e.

---

Manadh, chance, luck. Ainid, vexing, galling.

## ORAN.

*Do Chatriona Nic-Gilleaain, nighen Fhir Bhrolais,  
a bha posta aig Lachinn Mac Thighearna  
Chola, air dh' i a bhi 'na laighe 'san  
Innis am Muile.*

LE CATRIONA NIC-GILLEAIN.

Tha mi 'falbh an cois tuinne,  
'S tha mo shuil air na grunnabh  
'Dh-fheuch an faicer leam culidh fo sheol,  
Tha mi falbh, etc.

'Bheir dhomh sceul air mo lenabh,  
Ben chiuin nan rosc malla,  
Suil dhubh-ghorm 's glan selladh gun scleo.

Beul min-derg an fhosidh  
Fo 'n inntin 'tha socrach ;  
Cha bu duthchas dhuit brosgal no bosd.

Gruaidh mar ros air a tharruinn  
Tha fo chaoile na mala ;  
Deut dluth a 's math gerradh gun scod.

Thu bhi 'd laighe 'san Innis,  
Ged is duthchasach t' ionad,  
'Chuir mo shuilen a shiledh nan deoir.

Nighen Dhomhnaill mhic Lachinn,  
A tha mise 'n diu 'g acainn,  
'S ogha Dhomhnaill mhic Echinne nan srol.

Nighen athair mo ruin-sa  
Craobh dhion' d'a luchd-muinntir,  
'S e nach leigedh an cuis dheth gun toir.

Chuala mis' iat ag raitinn,  
'Nuair a bha thu sna blarabh,  
Gum b' fher misnechail, dan, thu le foirm.

Ged bha comharra a'd' shiubhal  
 Rinn thu beud na bu liutha,  
 'S dh' fhag thu luchd nan ad dubha fo leon.

Dhuinne dh-eirich an dimbuidh,  
 Gun do dh-fhalbh ar ceann-cinnidh,  
 Gun do thaoitair 'bhi t' ionad 'nad lorg.

Tha do mhuinntir fo imcheist,  
 'S do mhac fhathast og lenabail,  
 Bho dhubh shechdain na Caingis so 'dh'-fhalbh.

---

The wife of Lachlan, son and heir of Maclean of Coll, was a daughter of Donald Maclean, third of Brolas. Donald received two severe wounds on the head in the battle of Sheriffmuir. It is to his wounds that the expression, "ged bha 'n comharra a' d' shiubhal," refers. His grandfather, Domhnall Mac Eachinn Oig, was a son of Hector Og of Duart, and a grandson of Sir Lachlan Mor. He died in 1725.

---

— x —

### BARD MHIC-IC-IAIN.

Bard Mhic-Ic-Iain, the family bard of Macdonald of Glencoe, possessed poetic ability of a high order. His poem on the massacre of Glencoe is very beautiful. He was a Macdonald and a native of Glencoe. After the massacre he went to live in the island of Muck. He is consequently generally spoken of as Am Bard Mucanach.

---

### MORT GHLINNE-COMHANN.

\* LE BARD MHIC-IC-IAIN.

Lomh Dhe leinn, a shaoghail!  
 Tha thu carach mar chaochladh nan sion ;  
 An ni nach guidhemid 'fhaotinn  
 Mar na sruthabh ag aomadh an nios ;

'S i 'chneidh fein thar gach aobhar  
 'Bhios gach duine a caoinedh 's e tinn ;  
 Breith mie shamhan air saoidhen,  
 Tigh'n a ghlec ruinn a thaobh cul ar cinn.

A Rìgh fhertich na greine,  
 A tha 'n cathir na feile, dean sith  
 Rì clann an fhir a bha ceutach,  
 Nach bu choltach rì feileidh fir chrìon.  
 'N uair a thogtedh let bratach,  
 Crann caol is fraoch datht' agus piob,  
 Bhiodh mnai gaoil, le fuaim bhas,  
 A caoidh laoiach nan arm scaitech 'san strìth.

Gun robh aignedh duin' uasil  
 Aig a' bhail' agus uaith' ann ad choir ;  
 Cha bu gheire gun tuigse  
 'Bha 'sa bheul 'bu neo-thuisliche gloir.  
 Ceann na ceill' is na cuidechd  
 Ged rinn eucorich cuspair dhe 't fheoil ;  
 Cha b' e m breugaire 'mhurtadh  
 Le luchd sheidedh nam pluicen air stol.

Ach fer mor 'bu mhath cumadh ;  
 Bu neo-scathach an curidh gun ghiamh ;  
 Cha robh barr aig mac duin' ort  
 Ann an aillechd 's an uirigledh cinn.  
 Ann sa bhlar bu mhath t' fhuirech  
 'Cosnadh laraich is urram do'n rìgh.  
 Mo scriob chraitech am fulachd  
 'Bha 's taigh chlaridh 'm biodh furan nam pios.

Cha robh do chridhe mar dhreugan,  
 'Tarruinn slighe na h-eucoir' a'd' churs',  
 'S tu le d' chlaidhemh ag eirigh  
 As leith t' athar 's rìgh Seumas a chruin.  
 Taid an Albinn 's an Eirinn  
 Luchd a thagirt 'sa reitech do chuis',

'S bidh la eile ann mu 'deibhinn,  
'S na fir choirech 'gan eighech gu cuirt.

Thrus do chinnedh ri 'cheile  
'Dheanamh coinnimh an de ann san Dun ;  
Ach cha d'aithris thu sceul daibh,  
'Fhir a b' urrainn a reitech gach cuis ;  
Ite dhaingen an sceith thu,  
Is am baranta treun air an cul,—  
Fath mo mhulaid 's mo leiridh,  
Tha bhi druidte fo dheilibh 'san uir.

Cha robh gnothach aig leigh ruibh,  
'Tigh'n a leighes nan creuchd 'san robh 'n cradh ;  
'Call na fala fo 'n leintibh  
Bha na fir 'bu mhor feil' ri luchd-dhan.  
Nam b' e cothrom na Feinne  
A bhiodh etar sibh fein 's Clanna-Gall,  
Bhiodh eoin mhollach an t-sleibhe  
'Gairsinn salach air chreubhagan chaich.

Cha b'e cruadal an cridhe  
'Thug dhaibh buannachd air buidhinn mo ruin,  
'Tilgedh luaidhe 'na cithibh,  
'S sibh, mo thruaighe, gun fhios air a chuis.  
Etar uaislen is mhithen  
Gun robh 'n uair ud a ruith oirnn o thus ;  
On si 'n uaigh ar ceann-uidhe,  
Bidh na sluaisden a' fritheladh dhuinn !

Cha b' i sud an fhuil shalach  
'Bha ga dortadh le falachd 'sa ghleann,  
'S iomad umpidh mar 'ghearran  
'Bha 'cur fudair 'na dheannabh mu 'r ceann.  
A Rìgh dhulich nan aingel,  
Gabhsa curam d' ar n-amam, 's sibh thall ;  
Chaidh ar cunntas an tained  
Le garbh dhusgadh na malirt a bh' ann.



On la thoisich an imairt  
 Chaill Clann-Domhnaill ceann-fine no dha ;  
 'S cha bu chorr-chennan giorig,  
 'Cumail comhnard an slinnein roimh chach.  
 'N gleacair og ar ceann-cinnidh  
 'Chuir a dhochas an smiorabh a chnamh ;  
 Gheibhedh coaire biora  
 Rogha spoltich o spionnadh a lamh.

Cha bu scathairen gealtach  
 'Bhiodh a moidhedh an gaisce gach la,  
 'Tha san Eilain 'nan cadal  
 Is nach duisc gus an faicer am brath.  
 Luchd a dhiredh nan eit-bheann  
 Le 'n cuilbheiribh gleusta 'nan laimh ;  
 'S lionmhor fer nach d' rinn eirigh  
 'Bha 'na ghiomanach treun aig an carr.

Luchd a thraghadh nam buidel,  
 'Bheiredh earrach air ruban de'n fhion ;  
 'N uair a tharladh sibh cuidechd  
 Bu neo-bhruideil mu 'n chupan ud sibh.  
 'G iomairt thailesc is chluichen  
 Air a chlar bu neo-thuisleach bhur gnìomh ;  
 'S cha bu cheaird an tes truid sibh,  
 An am paighedh na cuidechd 's gan diol.

Gu bheil mise fo mhulad  
 A bhi 'g amharc air gunna air steill.  
 Bu shar ghiomanich ullamh,  
 Leis an cinnedh an fhuil ann sa bheinn,  
 Ann am frith nan damh mullich,  
 Na fir fhiachail dha 'm buinnedh an fheil'.  
 Ged bu tric sibh gan rusgadh,  
 Cha do dh-iarr sibh riamh cunntas a 'm beinn.

A ta mise lan airtneil  
 Ri am a bhi faicinn bhur beann,

Is cha lugha mo churam  
 Ri bhi cuimhnech' bhur duthchannan thall.  
 Mur a bhi dhomh mar thachir  
 Is ann leamsa gum b'ait a dhol ann.  
 Och ! 's ann thanic a chrech oirnn  
 Mar gun tuitedh a chlach leis a ghleann.

'S iomad aon 'tha 'toirt scainneil  
 Do'n tighern og 'th'air an fherann so thall,  
 Etar ceann Locha-Rainech,  
 Rugha Shleite 's bun Gharaidh nam beann.  
 Bha thu 'm feichibh gle dhaingenn  
 Far an eisdedh ri d' thenga an cainnt,  
 Mar earball peucaig ga tarruinn,  
 'S mar ghath reubach na nathrach gu call.

Leum an stiuir bharr a claiginn  
 Le muir-suigh, 's gun sinn athchainntech dho ;  
 Dh' fhalbh na croinn 's na buill-bheirte  
 'S leig sinn uallach na slait' air an scod.  
 'S bochd an dusgadh sa mhaduinn  
 So a fhuair sinn gu grad a thechd oirnn ;  
 Ma gheibh sinn uine ri 'fhaicinn,  
 Bheir sinn fucadh mu sech air a chloth.

---

Samh, a savage. Mic shamhan, sons of savages. Ful-  
 achd, a feud, a secret grudge. Spoltach, a joint of meat.

William, Prince of Orange, a man of ability and determination, landed in England, November 5th, 1688. The death of Dundee at Killiecrankie, July 27th, 1689, crushed the hopes of the followers of King James in Scotland. On the 30th of January, 1690, a number of Highland chiefs met John Campbell, Earl of Breadalbane, at Achallaster in Glenurchy. Breadalbane, who had received about £12,000 from the government, tried to buy their allegiance. Owing however, to his anxiety to keep the greater part of the money for himself, the negotiations came to nothing. Some very sharp words passed between himself and Macdonald of Glencoe. In August, 1691 the Government issued a

proclamation, offering a full pardon to all who had taken part in the rising under Dundee, on condition that they would take the oath of allegiance to William and Mary on or before the 31st of December. All the chiefs submitted within the prescribed term, except Macdonald of Glencoe. This chief foolishly delayed taking the oath, as long as possible. On the 31st of December he went to Fort William, expecting that Col. Hill would accept his oath. This Hill could not do, as he was not a magistrate. Macdonald then went to Inverary, where he took the prescribed oath January 6th, 1692, before Sir Colin Campbell of Ardkinglas, Sheriff of Argyll, a sensible and humane man. Sir Colin sent a full statement of all the facts to the Privy Council. This statement, however, was never submitted to the Council; it was suppressed through the influence of John Dalrymple, Master of Stair, Secretary of State for Scotland. On the 16th of January, King William sent the following order to Sir Thomas Livingstone, Commander-in-chief for Scotland:—“As for Mac Ian of Glencoe and that tribe, if they can be well distinguished from the rest of the Highlanders, it will be proper for the vindication of public justice to extirpate that sect of thieves.” It is altogether probable that William knew what he was signing. At the same time it is certain that he looked upon Macdonald of Glencoe as the head of a band of robbers, and as a stubborn rebel who refused to take the oath of allegiance. Of course the fact that Macdonald did take the oath, although too late, had been carefully concealed from him. On the day on which he transmitted the king's order to Livingstone, the Master of Stair wrote to Col. Hill urging him to root out the people of Glencoe, and assuring him “that the earls of Argyll and Breadalbane had promised that they should have no retreat within their bounds.” Livingstone transmitted his orders to Col. Hill; whilst Hill sent them to Lieutenant-Colonel Hamilton. Hamilton instructed Major Duncanson to destroy the people of Glencoe. Major Duncanson sent Captain Robert Campbell of Glenlyon with a detachment of 120 men of Argyll's regiment, to carry out the king's instructions. The soldiers under him were mostly Campbells, and had a personal spite against the Macdonalds. Glenlyon and his men entered Glencoe on the 1st of February. They told the Macdonalds that they had come as friends, and intended to remain only a few weeks. They were received with open arms, and treated with great kindness.

Lieutenant-Colonel Hamilton fixed upon five o'clock on the morning of February 13th, 1692, as the hour at which to begin the work of slaughtering the people of Glencoe. Major Duncanson marched with 400 men, to block up the passes from the glen, but was prevented by a heavy snow storm from arriving as soon as he expected. On the evening

of the 12th, Glenlyon, treacherous as Judas, supped with Macdonald's two sons, and played cards with them for some time. At the appointed hour he began his sanguinary and horrible work. Thirty-eight persons, including two women and a boy, were slain. When Duncanson arrived at eleven o'clock, he found only one Macdonald alive in the glen, an old man of about eighty years of age. Enraged that so many had made their escape, this brutal officer seized the old man and killed him. After setting fire to the houses and barns, the government cut-throats returned to Fort William, taking with them all the herds and flocks of the glen.

The inhabitants of Glencoe numbered about 350 souls. Of these thirty-nine, including the chief and his wife, were murdered. Of those who escaped, quite a number must have perished in the snow. There were in the glen about 900 cows, 200 horses, and sheep and goats in proportion. John Macdonald, the murdered chief, was a man of majestic appearance, and was distinguished for his energy, courage, and sagacity. He was present under Dundee at the battle of Killiecrankie. His two sons, John and Alexander, escaped the massacre.

There can be no doubt that the Earl of Breadalbane was one of the chief instigators of the massacre of Glencoe. It is also certain that the Earl of Argyle knew that it was going to take place. But of all those concerned in it the guiltiest was the Master of Stair. Only for him it would never have been committed.



## THA IONGHINADH AIR AN DREALLINN.

LE MAR IAIN PEUTAN.

Tha ionghnadh air an Dreallinn  
 Mu'n t-seol so 'th air tachirt dhaibh ;  
 Chan ionnan mar a tha i  
 'S mar b' abhist d'a clechdinnibh ;  
 Gun mheodhail, gun mhanran ;  
 Gun ghaire, gun lachanich ;  
 'S gun an aran lathail  
 Ach daibhir a tachirt riu.

I gun stoirm, gun stata,  
 Ach am failinn ga thaisbenadh ;

Gun bhualten, gun tainten  
 Mar bh'aig an dream a b' aitem dhaibh ;  
 Gun ghredhinn air ailain,  
 Gun saibhires echridh ac' ;  
 Ach tighin bho'n inbhe 's airde  
 Gu bhi nios an cas nam baigirean.

Cosmhuil ri nech araid  
 A gheibhedh bas an drepalachd,  
 A bhiodh ainbhfhiach air fas air  
 Is cach a tighin ga thagirt air ;  
 Ropinn air gach fairdin  
 De'n dh' fhag e gun mhechannas,  
 A h-uile fer 'cur saridh ann  
 A dh' fheuch co 'b' airde *'phasadh* e ;

No mar luing air fal-chor  
 Fo anradh nan cladichen,  
 'S cosmhalas muir baite oirre  
 'H-uile la ga thaisbenadh ;  
 Cun chulidh gu 'sabhaladh,  
 Gun chabul, gun achdrichen ;  
 Ach mar gun tilgt' air traigh i  
 Na h-abhar gaire is foचाide.

Chaidh teirce air an ianlaith,  
 Ri 'n iarridh chan fhaicer iat ;  
 Bhon ghabh am fireun fogradh  
 Rinn sin na h-eoin a mhetachadh.  
 Nach faic thu na socainn,  
 Ge boidheach an elta sin,  
 Gun d' theich iat 'fedh nan sliabh bhuainn,  
 'S eoin fhiadhain na h-apannan.

Tha 'n drasta Clanna-Milidh  
 Fo mhimhes an caitchentas ;  
 Gun chruadal an sinnsir  
 'S an tim so ga thaisbenadh ;

Na leoghinn a bha uaireigin  
 Buadhach 's na machrichibh,  
 Tha 'nis air fas cho maol  
 'S gun doir na caorich an *caitse* dhiu.

Nan tilledh a chuibhle  
 Bharr iomrall a secharain,  
 'S gun gluaisedh i' reir nadair,  
 Mar tha daoine 'g radh 'thachair e,  
 'S iomad nech an drasta  
 'Tha 'fulang taire is tailceise,  
 A bhiodh ri am na comh-stri  
 Mar bhocain dha 'n escairden.

Tha Ti ann sna neabhan  
 Ga bheil baigh ris na lag-lamhich,  
 A stiuires iat 'na ghradh  
 Is nach fag fo luchd-sechrain iat.  
 An ni nitar gu h-uaignech  
 Air gach duathar gun taisbein E.  
 Is gheibh gach nech a dhuais  
 'Reir a ghluasid 's a chlechdinnen.

Is anabarrach ri 'raitin,  
 Ged bu Phaganich 'nan aidmheil iat,  
 Am fer 'tha 'g inns' mu shlaint' dhaibh,  
 'S gan toirt bho chas an secharain,  
 Gun chiont' aige, gun abhar,  
 Ach air radh nam *factaran*,  
 'N deidh seirbheis na Sabaid,  
 'Bhi gun fhios cid 'n t-aite 'n caidil e.

Tha 'mhisnech-sa ro laidir  
 Tha Maighistir nertmhor aig',  
 Nach fulaing 'na nadar  
 'Bhi deanamh tair' no tailceis air ;  
 'N uair 'chi E an t-am araidh  
 Gus an t-abhar so chertachadh

'S a thig E'dh'iarridh paighidh  
Chan fheil ann lamh a bhacas E.

Nan tuigemid gu sar ghlic,  
'N ceann-fath 'th'aig air ar n-achmhasan,  
'S ann aginn fhin 'tha abhar  
A h-uile gnaiths 'tha 'tachirt dhuinn.  
'Nuair 'chuala Rìgh nan neabhan  
An gat a bh' aig ar pecannan,  
Thug E an t-slat 'nan laimh-san  
'Thoir paighidh dhuinn 'n ar n-es' umhlachd.

A bhuidhen 'tha cho buadhach  
'S a bhi 'n uachdar 'sa chert uair so,  
Dh' imiredh luchd an ceille  
An coinnses fein a chertachadh.  
Ni seirbheisech des suairce  
Urlar bualidh maisechail,  
Ach 's e 's deiredh do 'n t-slait scuabidh  
Gun deanar luath 's an lasair dh' i.

---

Tain, cattle. Aitem, people. Gredhuinn, a convivial party, a group of persons. Mechannas, lenity, indulgence. Saradh, an arrestment for debt. Socan, a fieldfare. Elta, a convoy, flock, herd. Clanna Milidh, the children or descendants of Milesius, including both the Scottish and Irish Gael. Tailces, contempt, scorn. Duathar, dubhar, shade. Gat, an evil propensity in one's nature. Caitse, the English word catch. Fal-chor, a drift.

It is evident that the above poem was composed sometime during the reign of William III, or between 1688 and 1702. Dr. Maclean describes the subject of it as "the revolution of 1688, and the silencing of the Episcopalian ministers in Mull." Of the author, the Rev. John Beaton, we know nothing. The Rev. John Beaton was the last family historian of the Macleans of Duart. The Rev. John Beaton was settled in the parish of Kilninian in Mull in 1689, and deposed in 1700. It is possible that the author of the poem, the family historian of the Macleans, and the minister of Kilninian are one and the same person.

## AN CLARSAIR DALL.

The name Morrison, Mac-Gillemoire, means son of the servant of Mary. It was spelt Morison, which is the most correct form, until about the year 1800. The original home of the Morrisons was the northern part of Lewis. Their chiefs were hereditary judges of that island, and resided at Habost. John, the last chief who was judge, the last Brithimh Leodhasach, had five sons, Malcolm, Allan, Donald, Kenneth and Angus. Allan had two sons, Murdoch and Angus. Murdoch was tacksman of Gress in 1653. He had three sons, John, tacksman of Bragar, Allan, and Murdoch.

John of Bragar was in very comfortable circumstances. He possessed administrative ability of a high order. He was full of wit, and had some poetic talent. He called on a certain occasion on the Earl of Seaforth. He was assailed at the door by a savage dog. He struck the dog on the nose with his staff and sent him away howling. A servant came out and began abusing him for his treatment of the dog. He gave the impertinent servant a rap with his staff across the jaws. Seaforth, hearing the noise came to the door, and asked what was the cause of the wrangling and noise. Mr. Morison's reply was:—

“Balach is balgaire tigherna,  
Dithis nach coir leigeil leo ;  
Buail am balach air a charbad,  
'S buail am balgaire 'san t-sroin.”

John of Bragar had four sons : Roderick, An Clarsair Dall, Angus, a clergyman and poet, John, and Murdoch. John was a clergyman. He was licensed to preach in 1698, and settled in Glenelg in 1699. He died minister of Urray in 1747. Murdoch was a blacksmith, and was a man of uncommon strength.

Roderick Morison, an Clarsair Dall, was born about the year 1656. He was sent to Inverness to be educated. Whilst there he lost his eyesight from an attack of small-pox. As he was incapacitated for the church his father gave him the highest education as a musician that could be given. He spent some time in Ireland learning to play on the harp. Shortly after his return from that country, John Brec Macleod met him in Edinburgh, and engaged him as his harper. He gave him the farm of Totamor in Glenelg, free of rent, as a means of living. After the death of the good-hearted John Brec in 1693, Roderick, his son and successor, a man utterly unlike his father, ejected the harper from Totamor. Ruari Dall returned to the isle of Lewis, where he died at a good old age. He was an excellent harper, and a good poet.



## ORAN MOR MHIC-LEOID.

LEIS A CHILARSAIR DALL.

*Am Bard.* Chaidh mo mhulad am miad,  
 'S dh' fhagadh treothid am chliabh gu goirt  
 Le bhi 'd dheoghidh gu dian,  
 Mi air m' aghart 's mo thriall gu port.  
 'S e chuir mis air do thoir  
 A bhi 'mes gun robh coir a'am ort ;  
 A mhic athar mo ghraidh,  
 Bu tu m' aigher, is m' agh, is m' olc.

Chaidh a chuibhle mu 'n cuairt,  
 Gun do thionndaidh gu fuachd am blaths ;  
 Naile, chunnic mi uair  
 An Dun flathail nan cuach a thraigh,  
 'S bhiodh ann tathich nan duan,  
 'S iomad mathas gun chruas, gun chas ;—  
 Dh' fhalbh an latha sin bhuainn,  
 'S tha na taighen gu fuaraidh, fas.

Tha Mac-talla fo ghruaim,  
 Dh' fhag e 'm bail' 'am biodh fuaim a cheoil ;  
 Ionad tathich nan cliar  
 Tha gun aigher, gun mhiagh, gun doigh,  
 Tha gun mhire, gun mhuirn,  
 Tha gun imrachadh dluth nan corn,  
 Gun chuirp pailtis ri daimh,  
 Is gun mhacnus, gun mhanran beoil.

Dh' fhalbh Mac-tall' as an Dun  
 An am scarachduinn duinn ri 'r triath ;  
 'S ann a thachair e rium  
 'Se air sechran feadh stuc is shliabh.  
 Labhair esan air thus ;—

*Mac-Talla.* Math mo bharaill gur tu, ma 's fìor,  
 'Chunnic mise fo mhuirn  
 Roimh an uiridh an Dun nan cliar.

*Am Bard.* A Mhic-talla nan tur,  
 'S e mo bharail gur tus' a bha  
 Ann an teoghlach an fhion'  
 'S tu 'g ath-aithris air gníomh mo lamh.  
*Mac-Talla.* 'S math mo bharail gur mi,  
 Is cha 'b fharasd' dhomh bhi 'nam thamh  
 'G eistechd brosluim gach ceoil  
 Ann am fochair Mhic-Leoid an aigh.

'S mi Mac-talla 'bha uair  
 'G eistechd fathruim nan duan gu tiugh,  
 Far 'm bu mhuirnech am beus  
 An am dubhradh do'n ghrein 'san t-sruth.  
 Far am b' fhoirmail na seoid,  
 'S iat gu h-oranach ceolmhar, clúth ;  
 Ged nach faictedh mo ghnuis,  
 Chluinntedh aca 'san Dun mo ghuth.

An am eirigh gu moch  
 Ann san teoghlach gun sproc, gun ghruaim,  
 Chluinntedh piob nam min dhos,  
 Is a ceile 'na cois o'n t-suain.  
 'N uair a ghabhadh i 'lan,  
 'S i gun cuireadh os'n aird na fhuaire,  
 Le meoir fhilanta bhinn,  
 'S iat gu ruith-leumnach, dionach, luath.

Bhíodh a rianadair fein  
 Cur an ire gur h-e 'bhíodh ann ;  
 'S e ag eirigh nam mesc  
 Is an eighe gu tric 'na cheann.  
 Ged a b' ard leinn a fuaim  
 Cha tuairgnedh e sinn gu teann ;  
 Chuirteadh tagradh am chluais  
 Le h-aidmheil gu luath 's gu mall.

'N uair a chuirteadh i 'na tamh,  
 A chum furtachd 'na fardich fein,

Dhomhsa b' fharasda 'radh  
 Gum bu chuireidech gair nan teud,  
 Le dian imairt dha lamh  
 'Cur am binnis do chach an ceill,  
 'S gum bu shiubhlach am chluais  
 Modhar luthar le luasgan mheur.

Ann san fheascar an deidh  
 Am tesa na grein' trath-noin  
 Bhiodh fir-chnepan ri clair  
 'S mnai a fregairt a ghnath 'cur leo.  
 Da chomhairlech neo-chearr  
 Bhiodh a labhirt 's gum b' ard an gloir,  
 Is bu thithech an guin  
 Air na daoine gun fhuil, gun fheoil.

Gheibhtedh flescich 'bu ghrinn  
 Ann san talla gun sraing, gun fhuath,  
 Is mnai fhionna 'n fhuilt reidh  
 A cur binnis an ceill le fuaim,  
 Le dluth cheileiribh beoil  
 A bhiodh elanta, ordail, suaire ;  
 'S bhiodh fer-bogha 'nan coir  
 'Chuireadh meoghail a mheoir am chluais.

*Am Bard.* A Mhic-talla so 'bha  
 Ann sa bhaile 'n do thar mi m' iul,  
 'S ann an nis duinn a's leir  
 Gu bheil mise 's tu-fein air chul,  
 'Reir do chomis air sceul,  
 On's fir-chomuinn mi-fein is tu,  
 'Bheil do mhuinnteras buan  
 Aig an triath ud dha'n dual an Dun?

*Mac-Talla.* Bho linn nan linnthen bha mi  
 'S mi mar aon duinne 'tamh 'sa chuir ;  
 'S theiredh iomad Mac-Leoid  
 Nach robh uiresbhidh eolis duinn ;

Ach chan fhaca mi riamh,  
 Gun taoitair no triath an Dun,  
 'Se 'na fhasach gun fheum,  
 Gus na laithen so fein bho thus.

*Am Bard.* Bhon a thanic ort aois  
 Tha ri 'radh gur a baoth do gloir ;  
 Chan e fasach a th' ann,  
 Ged a tha e san am gun lod ;  
 Is air taoitair 's beg 'fheum,  
 Is og thigherna fhein 'na lorg,  
 'S e ri fhaotuinn gun fheall  
 'Cur ri baoithe an ceann luchd-chleoc.

An nis tillim gu d' chainnt  
 Bhon a b' fhiosrach mi anns gach sion.  
 Gur tric a chunnacas gill' og  
 'Bhiodh gan uiresbhidh stoir no ni,  
 'S bhiodh am bechd aige fhein,  
 Bhon a chennichedh e feudail saor,  
 'Dh-aindeoin caithemhachd dha  
 Nach bu chunnart da lamh nam moar.

'S ionnan sin 's mar a tha  
 Cuid de dh-uachdarain ard' an diugh ;  
 Bhon nach leir dhaibh an call  
 Meud an deidh air cuirt Ghall cha scuir  
 Gus an deid iat do 'n Fhraing,  
 'S gur a solleir ri am a bhuil ;  
 Bidh droch ghalair gan cnamh,  
 S theid an storas a 'n laimh 'na shruth.

Faic am fer ud gu ba  
 Air ech cruithech a's gairmhor srann,  
 Diollid lastail fo 'mhas,  
 'S mor gun b' fheairrd e srian oir 'na laimh.  
 Fichet gini chan fhiach  
 Gun deid sud a chur sios an geall ;

Cha dig peighinn dha f hein  
'S bonn cha ghleidher an deidh a chall.

Theid luach mairt no na's mo  
An da stocain de 'n t-seors' a's fearr ;  
Sud na gartain a suas  
'S paidhir thasdan de luach 'nam barr ;  
Ducait diuca no 'n corr  
Theid a chur an da bhroig bhonn ard,  
'S clachan criostail 's math snuadh  
Ann am bucail mu'n cuairt le straic.

Is coic coicen de 'n or  
Gun deid sud airson cord do 'n aid ;  
'S urad eil' oirre f hein ;—  
'S math gun tegamh a feum gu spaid,  
'S a ghrabhat a's glan li  
Theid punnd Sasunnach innt' gun stad ;  
Ach 's beg sud as a mhal,  
Theid a chunntadh air clar gu grad.

Thig e 'm mach as a bhuth  
Leis an fhasan a's uir' 'san Fhraing,  
'S an t-aodach gasta bha 'n de  
Mu a phersa le speis nach gann,  
Theid a thilgedh an cuil,  
Fasan don' air 's cha 'n f hiu e plang ;  
Air mal baile no dha  
Glacar peann 's cuirean lamh ri boinn.

Cha bhi pheids' ann am mes  
Mur bi eidedh am fasan chaich ;  
Ged bhiodh e gini an t- slat  
Gheibher sud air son mart no dha.  
Casag riomhach gun seod  
Theid a chennach do dh-og an aigh ;  
'S briogais bheilbheit bhuig mhin  
'Bhios a ruighechd a sios gu 'shail.

'N uair a thig e air scriob  
 A dh' amharc a thire fein,  
 'N deidh na milten 'chur suas  
 Gum bi gaoir aig an t-sluagh mu 'n spreidh,  
 Ach ged thogar na mairt,  
 'S ged a niter an reic aig feill,  
 Bidh na fiachan ag at,  
 'S theid am faighnechd de 'mhac 'na dheidh

Theid Uillam Martuinn am mach  
 'S e gu sraideil air ech a triall,  
 Is cha lughid a bhechd  
